

1969. 54 (18).

AN COMUNN GAIDHEALACH.



“RATH-INNIS”

DEALBH-CHLUICH GAIDHEALACH.

Le Iain MacCormaig, Glascho.

Choisinn a' Chluich so an dara duais. (£50), aig Mod
Glascho, 1921.

A' PHRIS, AON TASDAN.

AN COMUNN GAIDHEALACH,
114 Sraid West Campbell, Glascho.
1924.

National Library of Scotland



B000635415

AN COMUNN GAIDHEALACH.



“RATH-INNIS”

DEALBH-CHLUICH GAIDHEALACH.

LE IAIN MacCORMAIG, GLASCHO.

Choisinn a' Chluich so an dara duais (£50),
aig Mod Ghlascho, 1921.

NA PEARSACHAN.

FEAR GHLINNE FRAOICH,	- - - - -	Triath ùghdarasach
FEAR LOCHA SGALAIN,	- - - - -	
FEAR UGADAIL,	- - - - -	
FEAR NA COILLE MOIRE,	- - - - -	
FEAR A' CHNOIC,	- - - - -	Uaislean fo Ghleann-fraoich
FEAR DHUIN-ROBAICH,	- - - - -	
FEAR AN T-SRATH,	- - - - -	
FEAR RATH-INNIS (SIR IAIN),	- - - - -	Tòiseach an eud ri Gleann-fraoich
FEAR LOCHA-MUIGHE,	- - - - -	Uasal fo Rath-Innis
MAIRI LOCHA-MUIGHE,	- - - - -	Nighean Fear Locha-Muighe
MORAG,	- - - - -	Maighdeann Choimhead
CAILLEACH NAN CEARC, D'AN AINM PEIGI MHOR		
CAILLEACH NA FIOSACHD		
MOR FHIGHEADAIR		
PIOBAIRE		
MURCHADH, TEARLACH,	- - - - -	
SEUMAS, DOMHNULL, EACHANN,	- - - - -	Oifigich Fear Rath-Innis
EOGHANN, PADRUIG,	- - - - -	
FIR IS MNATHAN		
IS SAIGHDEARAN		
AN COIGREACH LIATH,	- - - - -	Fear-fiosa

LIBRARY OF
SOCIETY AND NATIONAL
23 JULY 1969

“RATH INNIS.”

E A R A N N I.

SEALLADH I.

CAISTEAL GHLINNE-FRAOICH—*Air taobh am muigh a' bhrait.*

DORSAIR I.—Cluinnidh sinn àr-a-mach ùr gun dàil, 'ille; neo tha mi air mo mhealladh. Tha bruaillean air choireiginn am mailghean Fear a' Ghlinne an diugh. Tha e leis fein 'san t-seòmar mhór an sud, a' sràidimeachd air ais 's air aghaidh, 's a cheann 'san Ùrlar, 's a dhà làimh paisgte air a chùlaibh, 's e an trom smaointinnean. Air uairean seasaidh e is seallaidh e gu dùr, dùr 's an Ùrlar a' pronnagail ris fein, agus a' crathadh a chinn. Bheir e an sin sgайл da làmhan air a chéile is their e : “ Leigidh mis' fhaicinn da,” “ curidh mise sabasdair 'na bheul, agus srian 'na cheann.” Pasgaidh e an sin a làmhan air a chùl a rithis agus siubhlaidh e air feadh an t-seòmair cho luath is ged a bhiodh e dol air turus fichead mile air falbh, agus uair shònruichte aige r'a ceapadh. An trian na braise seasaidh e a rithis, sgailcidh e a bhasan is cluinnear taobh am muigh ar doruis e ag rádh : “ Bithidh mise suas r'a ghuadan.” “ Gear-raidh mis' a sgiathan.” Sin agad an dol air aghaidh a th' aige fad na maidne, agus feumaidh gu bheil cuachan r'a sgaradh an stalla air choir-eiginn gun dàil. Cuimhnich, 'ille, 's iomadh nead a chreach Fear a' ghlinne ré ám.

DORSAIR II.—Tha thu aige, charaid. Tha rud éigin 'san dàn. Thug mise an aire gu bheil o chionn còig-la-deug, mar gum biodh Caisteal a' Ghlinne an teis-meadhon lion an damhain alluidh, agus fiosan a' dol air an ais 's air an aghaidh air a h-uile sreing dheth gu gach tòiseach eadar da chloich na dùthcha. Cha bhiodh ioghnadh orm ged b'e an diugh an là a bhiodh iad an so a chur an cinn r'a chéile a' réiteachadh nam mogul 's a sgaoileadh nan lion, ciod e 'sam bith am bàgh 's an téid an cur am mach; oir tha mi a' toirt an aire gu bheil ullachadh làidir air feadh na fàrdaich, mar gum biodh fiughair ri cuideachd air choir-eiginn.

Tha fios agad air an so. Tha Fear a' Ghlinne an àrd-cheannas a chum rian a ghleidheadh air taobh an iar na Gaidhealtachd; agus chan e so a' cheud uair a chaidh an spor a bhreacadh a chum ceann-feadhna air choir-eiginn a thoirt gu mothachadh a dheòin no dh' aindeoin. Am bheil thu a' faicinn?

DORSAIR I.—Tha mi creidsinn nach 'eil thu fada ceàrr; ach saoil thusa có tha r'a thoirt gu cùl-coise an uair so?

DORSAIR II.—Có a shaoleadh tu fein? Có ach Fear Rath-innis. Saoil an leigeadh Fear Ghlinne-fraoich le coileach 's am

bith eile a bhi gogail 's an aon doire ris féin. Is iomadh uair a chur Fear Rath-innis iteag á broilleach Fear a' Ghlinne agus chan 'eil fhios agam idir ciod e is cor da chìrean mu'n till e á Rath-innis an uair so féin. Cha chuirinn mo gheall nach bitheadh an droch phabadh.

DORSAIR I.—Tha mi a' creidsinn gun d' shuaras agad e. Chan 'eil an dà laoch an craiceann math da chéile uair air bith, 's tha 'n t-àm freagarrach a chum Fear Rath-innis a chur air a ghlùinean. Chan 'eil móran cumhachd an gath na nathrach an uair a thig i a toll an déidh a' gheamhraidh. B'e Là Inbhír-chéitinn Geamhradh dubh Fear Rath-innis, agus chan 'eil àm is flusa a thoirt gu rian na'n uair a tha fàilinn 'na ghath. Am bheil thu 'faicinn?

DORSAIR II.—Chithinn e ged bhiodh mo dhà shùil dùinte. Tha mise ag ràdh riut gum bi comh-chruinneachadh mór aig tòisichean an so gun dàil, a chur an cinn r'a chéile 's a ghabhail comhairle mu chùisean cudtromach. Cha bhi 'n sin ach co niheid fear a thogas thusa is thusa—is thusa is thusa! Mar gum biodh e a' cunnatas a' phiocach air cladach Locha Fionn. Creid thusa mise gur h-ionadh ceann a theid an currac mu'm bi crìoch air a' bhrionglaid a bhios an uair so ann; agus is ionadh té a chunnaic sinn. Eh!

DORSAIR I.—Tha mi creidsinn gu bheil an deagh bheachd agad air. Tha e 'n earbsa Fear a' Ghlinne rian a ghléidheadh 'san dùthaich, agus Ismael Rath-innis a chiosnachadh, a chum is gun caidleadh na coimhearsnaich gu socrach 'nan leapannan, is nach rachadh gluasad air bith air faiche.

Ach seall ciod a chì mi a' gluasad a nuas an gleann, 's a' togail stùr an rathaid mar a ni oiteag thioram an Earrach. An e buidheann each a th' ann?

DORSAIR II. (*An dithis a' cur sgàil air an sùilean*)—Ho-ho! Nach dubhaint mi riut; nach dubhaint mi riut. Tha iad air tighinn. Cha bu lugha na mo bharail. Sud each glas Fear an t-Srath. Sud a rithis each bàn Fear Locha Sgàlain, 's e odhar le fallus. Stad. A h-aon; a dhà; a tri; ceithir—tha sè ann.

DORSAIR I.—Sin, saibhir.

DORSAIR II.—Mur 'eil lùban an rathaid 'gan call oirnn. A h-aon; a dha, a tri—'S e sè a th' ann.

DORSAIR I.—A h-aon; a dha; tri; ceithir—Sè; tha thu ceart.

DORSAIR II. (*An guth beag*)—Bithidh a' cheud bhìlar air a chur an nochd féin, ma tà, ri Mac-na-Braiche. 'S e Mac na-Braiche bhios an uachdar.

Cluinnear Cailleach nan cearc a' tighinn 's i a' gairm nan cearc.

CAILLEACH NAN CEARC—Diug, diug, diug, diug!

DORSAIR II. (*Nuair a thig a' Chailleach am fradharc*)—Am bheil thu, ghialad, a' dol a chur sìl feuch an cinn uighean."

Ni an dà dhorsair gùire.

CAILLEACH NAN CEARC—Diug, diug, diug ! Tha fios againn nach cinn uighean ; 's tha fios againn, cuideachd, nach uighean cinn. Diug, diug, diug, diug ! (*An da dhorsair a' gàireachdaich.*)

DORSAIR I.—An cinn maothagan, ma ta ? Ha, ha, ha !

CAILLEACH NAN CEARC—Cha chinn maothagan, ach is maothagan cinn mar bhur cinn-sa. (*I falbh 's a' togail a coise am fealla dhà as a déidh, agus a' gairm nan cearc.*)

NA DORSAIREAN (*Ag aithris*)—Diug, diug, diug, diug, diug ! Gog, gog, gog, gog.

CAILLEACH NAN CEARC (*A' tilleadh*)—Nach fhurasda aithneachadh nach 'eil fada o 'n thàinig sibh as a' phlaosg. Ha, ha !

NA DORSAIREAN—Gog, gog, gog, gog !

CAILLEACH NAN CEARC—Big, big, big, big ! Chan 'eil sibh ach anns a' chloimhinntich fathast, is 'nur seasamh taobh a' chuachain far an deach an còrr de 'n ghur an deachaimh. Ha, ha ! Big, big, big, big ! Beannachd leibh. Feuch nach goid na feannagan sibh. (*I falbh.*) Diug, diug, diug, diug !

Na dorsairean a' gàireachdaich r'a chéile.

DORSAIR I.—Ho, ho ! Nach eibhinn Peigi. Ach tha iad so a' teannadh dlùth, is cha bheag an t-ugh is ceann-uidhe dhaibh : Caisteal a' Ghlinne. Ho, ho !

DORSAIR II.—Agus ma 's math mo bharail, bidh gach fear aca gun dàil a' glaoighaich : " Diug, diug " air feadh nan gleann ; is cruinnichidh sluagh fo 'n cuid arm, mar a chruinicheadas na clearan mu'n cuairt Peigi Mhóir féin an uair a ghlaodhas i " Diug, diug." Ce b'e ciod e an ceann-uidhe an déidh sin.

DORSAIR I.—Chan shada gu uair fhiosa. Tha ghogail air toiseachadh.

(*Théid na Dorsairean am mach. Togar am brat is chithear Fear a' Ghlinne a' sràidimeachd air feadh an àrlair.*)

FEAR A' GHLINNE (*Ris fèin*)—Is iomadh uair, a nis, a bhris Triath Rath-innis a ghealladh cho math ri slochainnt na dùthcha. Chan 'eil e toirt urrainn do neach no do riaghait, ach a' toirt sàthaidh da shlcagh an cliabh a choimhearsnaich anns gach àite an tog e creach. Ma tha Rath-innis molach, tha na garbh-chriochan as faisge air lom air a thàilleamh. (*Suidhidh e aig bàrd a' sealltainn air paipearan.*) Ach air an uair so cuiridh mise m' ughdaras an geall gus a' chuid as fhaide am mach, gus nach bi doire no càrn an Rath-innis anns am falaich Sir Iain e féin. Na h-eileanan air an creachadh. A' mhòr-thir mun cuairt da air a rùsgadh is gun mheas air tian no air

riaghait ach an tilgeil a leth-taobh le chéile mar a thilgeas an euan an fheamainn air a' chladach. Ach théid i bhuidhe sin ma dh' fhaodas mise.

Thig gnog do 'n dorus.

GILLE-COISE—Fear an t-Srath, le'r cead!

FEAR A' GHLINNE (*Ag éirigh 'na sheasamh*)—Thig air t aghaidh ('G a fhailteachadh), a shiol nan sonn! Bha fios agam nach biodh tu air deireadh an uair a ruigeadh mo theachdaireachd thu. Dean suidhe. Tha dùil ri tuilleadh de dhaoine tapaithd na dùthcha a thighinn air an aon turus riut.

AN GILLE-COISE—Fear Locha Sgàlain, le'r cead!

FEAR A' GHLINNE—Fàilte air Fear Locha Sgàlain nan craobh. Is fada an glaodh gu Loch-Sgàlain; ach ged is fada, cha b' fhad a bha thusa a' ruigheachd Ghlinne-fraoich an uair a ràinig an glaodh thu a dheanamh seirbhis do d' dhùthraig. Suidh an so far am bi thu ri m' làimh dheis, (*Glaodhaich an Gille "Fear Ugadail"*) am feadh 'sa bhios sinn uile a' deasbad na cuise cudthromaich a th' agam ri chur mu'r coinneamh an diugh.

Fàilte chridheil air deagh Fhear Ugadail. Cha b'e bu dòcha bhi air deireadh an uair a ghairmeadh Triath Ghlinne-fraoich e, an còir no'n eucoir, mu'n dubhaint na seann sgeòil o shean e (*Glaodhaich an Gille "Fear Dhùin-robaich"*).

(*Na Laoich a' fàilteachadh cuideachd.*)

Slàn ort, Fhir Dhùin-robaich. Suidh an so làimh ri d' charaid, Fear an t-Srath (*Glaodhaidh an Gille "Fear a' Chnoic"*).

Tha fàilte 's furan roimh Fhear a' Chnoic an Caisteal a' Ghlinne daonna. Thig mar so. (*Glaodhaich an Gille "Fear na-Coille-Moire."*)

Fear na-Coille! Chan' ann roimhe as lugha bhios de fluran. Fàilte dhuit, a charaid. Dean suidhe; agus fàilte oirbh air fad do Chaisteal Ghlinne-fraoich far an do thionail bhur n-athraichean iomadh uair roimhe fo Cheannas m' athraicheansa an uair a bhiodh spor r'a breacadh no claidheamh r'a rùsgadh as leth na còrach, an dlighe is a' cheartais, cuisean a tha a' tighinn mu'r coinneamh an diugh mu'n cuairt a' bhùird so.

Buailidh e a làmh air a' bhòrd.

Bu mhòr aisde féin a' chraobh anns an do chinn e nan robb fios aice, an uair a bha a greugan móra a' toirt fasgaidh do'n cholman is do'n chathaig, gun sàbh-te as a stoc garbh clàir a dheanamh bùird aig an suidheadh àrmuinn cheithir linntean a dheasbad 'nam measg féin, an ám a bhi cur—chan e mhàin coigeamh ach rioghachdan air crann deilbhe.

A' CHUIDHEACHD—Ho-ré, Suas i! Suas i!

FEAR A' GHLINNE—A chàirdean, is luaithe deoch na sgeul, mun dùbhairt iad e o shean; ach air an ám shònruichte so bithidh an dà chuid còmhla againn air an aon bhòrd.

Bheir e fuaim á clag, agus thig gille a steach.

An sin innsidh mi mo naidheachd dhuibh.

(*Laimhsichidh e a phaipeirean.*)

Thoir a steach searrag, a Sheumais, agus seachd cuachan.

Tha an so, a chàirdean, litir chudthromach o'n Ard-riaghlaigh a' toirt lughdarais, no mar a dh' shaodas mi a ràdh, a' toirt àithne dhònlhsa, mar aon a tha 'n àrd-cheannas air Aird-an-iar na Gaidhealtachd, Triath sanntach Rath-innis (*Thig gillean a steach le deoch is cuiridh iad cuach mu choinne gach fir*), a tha daonnan a' breabadh an aghaidh nan dealg, a thoirt gu rian, cho fad 's a ni claidheamh is teine e.

A' CHUIDEACHD—Ho ré! Suas i! Air slàinte Fear urramach a' Ghlinne. Ho ré!

FEAR A' GHLINNE—Slàinte dhuibh uile, agus slàinte an taobh an téid a h-uile boinne a tha 's na cuachan, agus buaidh air a' ghrùdar a thug an sùgh as an eòrna. Slàinte!

A' CHUIDEACHD (a' bualadh nan cuachan)—Slàinte!

(*Olaidh iad air slàinte a chéile, air ainm gach fir.*)

FEAR A' GHLINNE (*A' leantuinn, 's am paipear 'na làimh*)—Tha fios agaibh, a thòisichean ionmuinn, mar a spùinn is mar a chreach, is mar a loïsg gu h-eucorach, samhanach, iargalta, Rath-innis criochan bhur coimhearsnach, 's bhur luchd-daimh uair is uair.

FEAR DHUIN-ROBAICH—Tha fios ro mhath againn, is aig ar sinnsearachd. Nuas e; nuas e! Is iomadh uair a ràinig teas a theine is faobhar a chlaidheimh glé fhaisg air Dun-robaich. Air a ghlùinnean e! Nuas e! Ho ré!

FEAR AN T-SRATH—So air Dùn-robaich.

A' CHUIDEACHD (*'Nan seasamh ag òl nan cuach*)—Suas i! Slàinte Fear Dhùn-robaich! Ho ré! (Suidhidh iad.)

FEAR A' GHLINNE—Is math leam fear de Shiol Chloinn Dàlaigh a thàinig le Fearchar Mór á Uladh, a bhi, mar bu dual da, cho toileach air a cheann féin de 'n amull a chumail a suas anns an aireanachd shònruichte a th' air a cur am earbsa aig an àm leis an Ard-riaghlaigh.

(*Glaodhaich a' chuideachd a rithis air Slàinte Dhùn-robaich, is buailear na cuachan air a chéile.*)

Agus gu seachd sònruichte o nach 'eil cho fad idir o 'n a bha
a shliochdsan 's mo shliochdsa a' mì-chòrdadh.

FEAR LOCHA-SGALAIN—Air sláinte sliochd Cholla Chiotaich !

A' CHUIDEACHD AIR FAD—Sláinte ; sláinte ! Ho ré !

FEAR LOCHA-SGALAIN—“A Cholla, mo rùin, seachainn an Dùn, tha mise an làimh.” Ach cuiridh sliochd Cholla Chiotaich Fear Rath-innis an làimh.

A' CHUIDEACHD—Suas i, fheara ; suas i !

FEAR A' GHLINNE—Tha mi ro thoilichte a leithid de dheagh dhùrachd a bhi am measg mo thòisichean as leth an aobhair chudtromaich a th' air a chur mar uallach orm, agus foigh-neachdaidh mì nis dibh air leth ciod e am feachd a chuireas gach fear agaibh am mach a chum agus nach bi fàillinn anns an turus a tha sinn a' gabhail os làimh. Fhir Locha-Sgàlain, a charaid, co lion claidheamh a thogas tua air garbh-chriochan t' athraichean ?

FEAR LOCHA-SGALAIN—Da cheud gu leth lann a bhios air bhior gu am pathadh a chasd am fuil fir mhóra Rath-innis. Sláinte, sláinte do fheachd Locha-sgàlain a bhios cho daingeann anns a' chath 's a tha na creagan am Beinn-uarchain.

FEAR A' GHLINNE—Tapadh leat, Fhir thréin Locha-sgàlain, a leanas do chuid dhaoine thu mar a tha 'n sgriobhadh air ard-dorus Caisteal an tuim ag iarraidh orra : “Lean mise.”

Fhir an t-Srath, ciod e do chobhair-sa ?

FEAR AN T-SRATH—Tri cheud fear nach toir cùl ri nàmh.

FEAR A' GHLINNE—Fhir Dhùin-robaich, ciod e tha thus' ag ràdh ?

FEAR DHUIN-ROBAICH—Tri cheud ceatharnach air nach dean feachd an Albainn tàir.

(*Glaodhaidh a' chuideachd: “Ho, ré! Bhur sláinte,” agus gliongar cuachan.*)

FEAR A' GHLINNE—Fhir Ugadail ?

FEAR UGADAIL—Ceithir cheud claidheamh de 'n stàilinn as feàrr 's an t-Suain.

(*Togaidh a' chuideachd iolach, agus òlar a rithis.*)

(*Am feadh 's a bhitheas so uile a' dol air aghaidh bidh na seirbhisich, fir agus mnathan, a' farchluais aig dorus an t-Seòdmair 's a' headradh r'a chéile.*)

FEAR A' GHLINNE—Fhir a' Chnoic. Bha daonnan do shinnsearachd 'nan ursannan am blàir na h-Albann. Cluinneam aireamh do lann.

SEIRBHISEACH (*An guth beag*)—So gur eile a' tighinn a nios, a Pheigi.

PEIGI—Ma bheir thus a nios gur ni thu gog.

(*Bidh na seirbhisich a' plùchadh an gàire ; agus their cuid "gog, gog, gog."*)

FEAR A' CHNOIC—Cóig ceud, le 'r cead.

FEAR LOCHA-SGALAIN—Cóig ceud de dhaoine beaga, an è? (*Ni a' chuideachd gàire.*)

SEIRBHISEACH (*Aig an aon àm*)—Cóig ceud isean, a Pheigi.

PEIGI—Mile de d' sheòrsa-sa. (*Ni na seirbhisich gàire.*) Hui; hui ! (*I ag aithris air dannsadh.*) Is ann a mhuinntir a' chnoic a bha mo sheanmhair. Hui, hui !

FEAR A' GLINNE—Fhir na Coille Mòire. Ciod e tha thus' ag ràdh

SEIRBHISEACH—Uist, uist ! Eisdibh feuch co mheud craobh a tha 'sa Choille Mhòir.

FEAR NA COILLE MOIRE—Coig ceud eile Fhir a' Ghlinne (*E bualadh a làimh air a' bhòrd*), agus cha téid na's fearr air clair birlinn a dhol thar Caol Rath-innis.

SEIRBHISEACH—Cóig ceud cabar. (*Càch a' triotanaich, is Peigi Mhor a' dannsadh.*)

FEAR A' GLINNE—Urramach math, Fhir na Coille.

FEAR LOCHA-SGALAIN—Urramach math ; urramach math.

A' CHUIDEACHD—Slàinte Fear na Coille ! Suas i ; suas i ! Slàinte (*Iad ag éirigh 'nan seasamh ; agus buailear cuachan.*)

FEAR A' GLINNE (*A' leantainn*)—Tha 'n sin dà mhìle is trì cheud gaisgeach gun inheang, a chuimhnichreas daonna air na daoine o'n d' thàinig iad ; agus ni Fear a' Ghlinne fèin a suas na tri mile gu saibhir le feachd sgairteil à cluaintean Ghlinne-fraoich.

(*Eiridh a' chuideachd 'nan seasamh. Glaodhaidh iad "Ho ré."*)

FEAR A' GLINNE (*A' leantainn*)—Cuiridh gach fear agaibh a' chrois-tàraig air shiubhal 'sa mhionaid.

A' CHUIDEACHD—Ho ré ! (*Iad a' bualadh a' bhùird le 'm basan.*)

FEAR A' GLINNE (*A' leantainn*)—Agus cruinnichidh sinn aig Long-phort air Là Lùnasdail.

A' CHUIDEACHD (*'Nan seasamh*)—Là Lùnasdail ! Ho ré ! La Lùnasdail ! Suas a rithis i ; Slàinte Fear a' Ghlinne !

FEAR LOCHA-SGALAIN—Steach am plobaire 's na seirbhisich a nis, agus bidh ruidhle togarrach againn. Bidh ruidhle togarrach againn.

FEAR A' GLINNE—Bidh sin deanta air t' iarrtas, a charaid.

A' CHUIDEACHD—Ho ré ! Ho ré !

(*Fosglaidh Fear a' Ghlinne an dorus. Teichidh na seirbhisich a bha 'gan cluich fèin air taobh am muigh an doruis ag aithris air cuideachd an t-seòmair. Tuitidh Peigi Mhòr.*)

FEAR A' GHLINNE—Ud, ud a Pheigi, Ciod e a th' ort?

PEIGI—O, Fhir a Chno—Fhir a' Ghlinne, 's e b' àill leam a ràdh—Tha mo chas uireasbhach o 'n thuit mi bhàrr faradh nan cearc an là roimhe. O, mo ghlùn!

(*Na seirbhisich a' plùchadh orra na gaireachdaich.*)

FEAR A' GHLINNE—O cha bhi dad ort. Thig mar so. Am piobaire? 'Steach am piobaire. Thigibh an so air fad. (*Ri gille-coise.*) Glaodh a steach na mnathan uasal air fad. Steach sibh. Tha lá móir an so an diugh.

(*Thig am piobaire a steach 's e a' cluich roimh 'n chuideachd mnathan uaisle an tighe 'na dhéidh, 's an sin na seirbhisich.*)

PEIGI MHOR (*A' ruidh 's a' sgiathalaich am measg na cuideachd*)—O, chan aithne dhòmhsa dannsadh idir. O, tha mo ghlùn goirt. (*I falbh crùbach.*) O, mo ghlùn! Cha téid mise a dhannsadh an diugh.

SEIRBHISEACH—Cha téid thu a dhannsadh an diug, diug. (*An guth biorach.*)

PEIGI—Cha téid, no an siug, siug.

FEAR LOCHA-SGALAIN—Theid thu a dhannsadh leamsa, a Pheigi. Suas, a phiobaire. Suas i; suas i! Thoir dhuinn—thoir dhuinn “Calum crùbach,” agus an sin Ruidhle Thulachain—“Stiodach 's am mionach as.” Coisich, a Pheigi.

PEIGI—O, Fhir Locha-sgalain, chan urrainn mise dannsadh ann. O, tha mò ghlùn cho goirt.

(*Tòisichidh an dannsadh. Peigi a' plabartaich troimh 'n ruidhle. Nuair bhios e seachad bidh i gun deò analach.*)

PEIGI—O; O! Tha m' anail am uchd. Is fhad o nach do dhanns mise ruidhle roimhe. O, leigibh dhomh suidhe.

(*Théid deoch mu'n cuairt.*)

FEAR LOCHA-SGALAIN—Olair mo shláinte-sa a nis, a Pheigi.

PEIGI (*Cuach 'na làimh*)—Air bhur sláinte air fad. Air sláinte Fear a' Ghlinne, Fear Locha-sgalain, Fear a Chnoic—Cha b'e bu chòir a bhi air deireadh: fear dùthcha do mo sheanmhair. Fear Udagail (*Aig so gàirichidh a' chuideachd*)—Ulagadail—Uldagail. Droch coinneamh air Uldagail. Chan urrainn mi a ràdh.

AON DE'N CHUIDEACHD—Abair Ug-a-dail.

PEIGI—Ug-a-dail—Fear Udagail. Sin agaibh e. Air bhur sláinte air fad. Chan urrainn mi dol troimh 'n chòrr. Sláinte (*An déidh na sláinte bidh i a' call a h-analach.*)

PEIGI—O; O! 'S ann a chaidh e sios mo shlugan mar gu'm biodh cat an comhair 'earbuill. O; O!

SEIRBHISEACH—Ol a nis air slàinte Fear Rath-innis, a Pheigi !
 PEIGI—Chan òl mo chas. (*Ni a' chuideachd gaire.*) Rinn mi glé mhath am shean aois. Gun chiatamh oirbh. Fhir Locha-sgalain, cha do dhanns mi 'n urad ud o chionn còrr mó agus dà fhichead bliadhna, an uair a phòs Mairi mo phiuthar. O, chiall, a chiall ! 'S tha 'n diugh oghachan aice. O, b' i bhanais chridheil i. (*I tòiseachadh air caoineadh.*) Chan 'eil uair a chuimhnicheas mi fathast air an àm ud nach tig tòic am uchd. Tha cuimhn' agam fathast air a' phort a chluich Calum sidhlear a' cheud ruidhle a dhanns mi fhìn.

“ O ! cha mharbh thu gorra-chriothach ;
 O ! cha mharbh thu górrag.
 O ! cha mharbh thu gorra-chriothach
 No idir an ròcrais.”

O ! Bu shunndach mi 'n uair ud.

FEAR LOCHA-SGALAIN—Suas i, Pheigi !
 A' CHUIDEACHD—Ho ré !

FEAR LOCHA-SGALAIN—Là Lùnasdail !
 A' CHUIDEACHD—Ho ré !

FEAR A' GHLINNE—An cruinneachadh aig Long-phort !
 Crioch urramach air an obair a tha romhainn ! Buaidh oirbh uile ! Tha 'n t-aon is anfhainne feumail air an uair.
 Coinnichidh sinn a ris aig Long-phort.

A' CHUIDEACHD—Ho ré !

FEAR—Là Lùnasdail !

A' CHUIDEACHD—Ho ré !

FEAR EILE—Long-phort !

A' CHUIDEACHD—Ho ré !

(TUITIDH AM BRAT.)

E A R A N N I I .

SEALLADH II.

SEOMAR AN CAISTEAL RATH-INNIS.

(*Sir Iain is gille a' bruidhinn.*)

SIR IAIN—Chuala mi fathunn gu bheil abhagan Fear Ghlinne Fraoich ri trusadh lann. Tha bàrr a chlaidhimh ri m' uchdsa, mar a bha bàrr claidheamhnan athraichean ri uchd m' athraichean. Dh' fhaodadh fios a bhi agam gun gabhadh e cothrom air buille a thoirt domh a chuireadh as domh am sad 's a tha mi lag le leòinteán Inbhir-Chéitinn. Ma's fior an rádh, a Mhurchaidh, is ann air Rath-innis a bheir na faolchoin aghaidh, far am bheil bantraichean na 's lìomhoire na fir a

thogas airm, is far am bheil sùilean nam ban 's na cloinne fathast fliuch a' caoidh nan laoch a thuit as leth cùise duineil a réir am beachd. Ach cha mheataich—ach gu'n geanaich sin siol na ceilge air oidhirp a thoirt air cur r'a raointean farsuing féin. Tha ùghdasar bho 'n Ard-riaghlaigh a' toirt a' chothroim sin dà. Chan 'eil aige ach gearan a dheanamh gu bheil am fear ud, no am fear ud eile, rag-mhuinealach no aimhreiteach 'na ghiùlan r'a choimhearsnaich, 's tha ùghdasar air a sparradh 'san dara làimh aige is claidheamh gun seirc san laimh eile; is an uair a tha 'n t-àm freagarrach—mar tha e do mo thaobh-sa an dràsd—brùchdaidh e mach mar eas ri cliathaich slèibhe. Chan e idir tarbh bànn na dà chluais dheirg a riaraicheas Fear a' Ghlinne, ach an treud air fad, mar éirig, bho 'n aon air an leag e a làmh mar cheannairceach. Ach ciamar, a Mhurchaidh, a leag thu amharus gu bheil gluasad am measg laoich is luchd-leamhnuinn Fear a' Ghlinne?

MURCHADH—An àm tillidh dhuinn o mhargadh na h-Eaglaise Brice bha fir le 'n cuid arm a' tachairt oirnn anns gach bealach a chuireas sgaradh eadar binnean is binnean an crùalaisteann nan garbh-chrioch mu'n cuairt Ghlinne-fraoich 's a chuid ghleann.

SIR IAIN (*A' smaointinn*)—Is sin gu bheil töisichean beaga Ghlinne-fraoich air fad a' tighinn am mach mar ghadhair air lomhainn a chum na sealge.

MURCHADH—Is e sin mo throm amharus. A' tighinn am mach bho far am bheil na lochan sàmhach mu dheas a' pògadh nan gleann gus an àirde 'n iar-thuath far am bheil Rath-innis a' cur dion o'n chuan air tir-mór.

SIR IAIN—Agus ciod eile, a Mhurchaidh, a neartaich do bheachd gur e Rath-innis ceann an seud 's an siubhail?

MURCHADH—Gu'm faca sinn, le 'r cead, birlinnean is longan fada ag acrachadh an Long-phort cho tiugh ris na h-eòin dhubha an uair a bhios an sgadan an Caol Rath-innis; is na maraichean, an uair bha sinn a' dol seachad dlùth orra, a' sealltainn tarsuinn an Caol is ag ràdh: “ Bidh an sgeir ud fodha leis an lìonadh. Théid sin tuath air an té ud; is tha Tràigh nam Fiadh air fuaradh air an té ud eile.”

SIR IAIN—Comharran gu leòir. Faodaidh e bhi gu bheil ceudan birlinn cheana a' fágail Long-phoirt 'nan déidh, agus a toirt Rath-innis dlùth orra. Cuir an gocaman 'sa mhionaid a ghleidheadh sùil am mach. Biadh na gunnachan air Cnoc-gorm deas gu losgadh; agus biadh freiceadan daonnan goireasach. “ Cha'n e latha faghaid nam fiadh latha biadhadh nan con.” Thoir sgeul chugam 'sa mhionaid a rithis. Bi ealamh, a nis.

(*Theid Murchadh am mach. Thig gnog do'n dorus agus thig Màiri Loch-Muighe, leannan Shir Iain, a steach.*)

SIR IAIN—A Mhàiri, a ghaoil nam ban, ciod e a għluais ort le a leithid de chabhaig is nach do dhealaich do shròl marcachd ri

uir ruaidh Locha-Muighe gus an do chomh-nheasg i ri gainmheach shligneach Machair uaine Rath-innis? Ciod e 'n sealladh a thug air do shùilean a bhi cho lasanach is cho làn geilt an àite a bhi ciùin màlda an uair thigeadh tu am chuid-eachd? Ciod e a th' ort, a Mhàiri, a rùin?

(Cuiridh iad an làmhan mu chéile.)

MAIRI—O, 's mòr sin 's cha bheag a thug an so an cabhaig mi an diugh, agus a thug ann, cuideachd, mi cho luath 's a dheanadh ceithir chasan an eich ghlaiss e. O, Iain, a rùin! Tha Coilltean Ghlinne-fraoich a' crathadh an geug an Caol Rath-innis an diugh, agus nigheadaireachd nam ban 'gan tiormachadh orra. Tha ceudan birlinn a' sracadh na mara le 'n dromannan; agus O! iad cho dion 'sa ni siuil is ràimh e, a deanamh air Rath-innis. Tha a' ghaoth tuath is na tonnan gàireach a' deanamh an dichill as do leth; ach le neart an iomraim, agus liadh gach ràimh lùthaich a' deanamh bogha-froise anns an uisge shiùbhlach, tha iad a slugadh a suas na slighe mar a shlugas an sgarbh am piocach, agus a' giorrachadh an astair gu Rath-innis air a h-uile buille ràimh.

O Iain, Iain! Thàinig mi g' ad chur air t' earalas. Tha fios agam ciod e 'n rùn 's am bheil Gleann-fraoich duit. O, nach b'e an là e! *(Màiri ri tuireadh.)*

SIR IAIN—Thàinig an sgeul mu thuaiream gu bhi flor leis an sin. Ach glac thusa misneach is faighidinn, a Mhàiri, a ghràidh. Cha chaillear daonna nan théid an cunnart. Is tric a thachair nach e fear-brisidh a' chnàmh a dheogail an smior; agus cha chuirinn air mhanadh nach ann mar sin a dh' éireas do Ghleann-fraoich an turus so.

MAIRI—An d' fhuaire thu rabhadh cheana, Iain?

SIR IAIN—Chuir ioma-ghaoth fios am rathad, mar a dh' iomaineas i 'n duilleach bho bhun nan craobh gus an stairsnich 's an deireadh fhoghair. Bha mi air m' fhaicill co-dhiùbh, a Mhàiri; oir chan 'eil an sionnach 'na ghnè na 's naimhdeala do na caoraich na tha Gleann-fraoich do Rath-innis.

MAIRI (*A' fàsgadh a làmh*)—O, Iain, nach b'e an réiteach roimh do bhanais e. Agus ciod e a dh' éireas do Rath-innis an uair a tha na sionnaich an diugh na's lionmhoire na na caoraich, 's am forbhas 'nam mèinn?

SIR IAIN—A Mhàiri, seasaidh fir threuna Rath-innis—am beagan a th' air fhàgail diubh—as leth an còrach 's an dlige gus an atharraich na h-aibhnichean bho ghlaiese nan cnò gu deirge nan caorann, ma gheibh iad cothrom na Féinne.

(Thig Murchadh a steach le sgeirmse mhòir, 's a shùilean air lasadh.)

MURCHADH—A Shir Iain, tha birlinnean 'nan ceudan a' tighinn mun cuairt an Rudha-ghlais. Tha iad cho tiugh ris na

sgairbh ag iasgach air an toiseach lionaidh, is ròlag gheal 'na cabhaig mu mhuineal a h-uile té dhiubh.

MAIRI (*A' fàsgadh a làmh*)—O; nach e am mi-fhortan e ! Nach ann oirnn a thuit an latha !

SIR IAIN (*An cabhaig ri Murchadh*)—Glaodh a steach Eachann is Eoghann. Cabhag ! cabhag ! A bhalaich. (*Théid Murchadh am mach.*) Glac faighidinn, a Mhàiri. Thoir thu féin agus na mnathan as 'sa mbionaid. Bidh sibh na's teàruinte air còrsaichean Locha Muighe na an so.

MAIRI (*A' togail a làmh*)—Mise ! An e gum fàgainn thu 'san anfhadh ! Chan fhàg ; chan fhàg. Théid mi troimh h-uile cunnart leat. Leanaidh mi riut, Iain, cho dlùth 's a leanas a' bhàirneach ris a' chreig, no an eidheann lag ris an darach gharbh. O, mo chreach léireadh ! Leanaidh, Iain. (*I a' cur a làmh uime.*)

(*Thig na gillean a steach.*)

SIR IAIN (*Ris na fir*)—A Mhurchaidh, biodh na gunnachan air an làimhseachadh an uair a thig a' chabhlaich an astar urchrach. Cum air an ais iad gus am faigh na daoine cruinneachadh.

Eachainn, fadaidh teine air Beinn nan Leac a chum 's gum freagair gach beinn eile an Rath-innis, is gun gairm iad am mach mo shluagh as gach cùil air mo chriochan.

Eoghainn, cuir a chrois-tàraidh air feadh gach slios as faisge a chum a' cheud tilleadh a thoirt as na balgairean.

Agus, a Phàdruig, seas air turaid agus éigh na h-urchraighean.

Biodh gach làmh an greim. Chan 'eil tìne r'a call. Tha ar feachd lag, agus feumaidh gach fear a bhi 'na thriùir gus am faicear ciod e a chuireas a' mhàduinn oirnn.

(*Théid na fir am mach.*)

Gabh socair, a Mhàiri, 's bi gleusda. Cum misneach an càch. Bidh mise làmh riut an ceartair.

(*Cluinnear urchair.*)

MAIRI—Obh ; obh ; obh ! Mo cheann 'ga sgàineadh ! O, Iain, c' ait' am bheil thu ?

(*Tilgidh Màiri i féin air tulg, 's a làmhan m'u ceann. Thig mnathan a steach a' sgreuchail.*)

SIR IAIN (*A' tighinn a steach*)—Cum suas, a Mhàiri. Bithibh sgairteil air fad mar a shreagras do mhànuan Rath-innis. (*A' togail a ghuth.*) Ciod e mar tha 'n té ud, a Phàdruig

PADRUIG (*Cluinnear a ghuth*)—Mu thrì cheud slat air an taobh so dhiubh.

SIR IAIN—Trì cheud slat goirid. (*Ri gille.*) Abair riutha an gunna a thogail.

(*Bùm! Na mnathan a' sgreuchail 's ag iomairt air feadh an ùrlar.*)

PADRUIG—Chaidh an té ud 'nam meadhon. Tha 'n uchd air na ràimh.

SIR IAIN—Cuiribh an dà ghunn' eile air shiubhal.

(*Bùm; bùm; bùm!*)

SIR IAIN—Ciod e mar chaidh iad sud, a Phàdruiig?

PADRUIG—Chaidh té dhiubh a chur fodha. Tha iad a' sgaoileadh bho chéile.

SIR IAIN—'S math do naidheachd. (*Ri gille.*) Glaodh riutha smáladh orra.

(*Bùm; bùm; bùm!*)

PADRUIG—Fhuair iad sud a rithis. Tha cuid diubah air dol cùl an rudha, agus càch a' teannadh am mach.

SIR IAIN—Glé mhath. Chuir sud sgànradh anna; agus gheibh iad tuilleadh. Gleidhibh suas, a mhñathan! A Mhàiri, gleidh suas! Bithidh mi air m' ais 'sa mhionaid. (*Théid e um mach.*)

(*Leanaidh an losgadh greis. Na mnathan a' toirt sgreuch air a h-uile h-urchair.*)

SIR IAIN (*A' tighinn a steach*)—Cumaibh suas, a mhñathan. A Mhàiri, glac misneach. Chuir sud moill orra. Tha 'n oidhche a nis air tuiteam is bheir i còmhnhadh dhuinn gus an tig cobhair oirnn. Mu'n éirich grian eile (*thig ceannardan a steach*) bidh mo laoich mu'n cuairt orm as a' chùil as fhaide air falbh an Rath-innis. Chan 'eil binnean air mo gharbh-chriochan nach 'eil cheana 'gan gairm mar a b' àbhaist le teangan teine. Tha iad a' leum 'nan diolaidean, agus am marbh na h-oidhche cluinnear an tartaraich a' tighinn troimh na glinn, agus bidh an caismeachd mu na bruachan so mu'm mosgail an uiseag anns a' phreas. A Mhurchaidh, cuir freiceadan air Tràigh nam-Fiadh. Eachainn, cum do shùil air Ruadh-phort. Ma thig iad air tir an àite dhiubh, curibh riutha gu garbh gus an toir a' mhaduinn cobhair dhuinn. Eoghainn, agus a Phàdruiig, bithibh dlùth do na gunnachan, an earalas ciod e thachras. (*Theid na fir am mach. Bithidh na mnathan a' tuireadh.*)

Buaidh oirbh! Tha feachd làdir 'nar n-aghaidh; ach fàgaidh Fear Rath-innis làrach an aodann Fear a' Ghlinne mu'n téid a dhruim ri lär.

A Mhàiri, cum suas do mhisneach. Chaidh a' ghaoth a

thoirt as mo shiùil le tratachd ach tha mi rithis air taobh an fhuardaidh, ce b'e air bith cho fad 's a ghleidheas mi e.

MAIRI (*Na mnathan a' bruidhinn r'a chéile air feadh an t-seomair*)—O, Iain, nach goirt a bhi a' smaointinn gu bheil thu idir air a' mheigh. Nach mòr a bheir latha mu'n cuairt. An dé nach bu toilichte sinn, gun bhruaillean, gun chûram. An diugh, nàmhaid bhreun a' bagairt oirnn. 'S am màireach—O, Iain ciod e thachras am màireach? Am fág deireadh an là thu fathast 'nad "Fhear Rath-innis"? No am bi thu mar an damhan-alluidh a shuidhicheadh a lion am fasgadh a' chnoic, air do sguabadh air falbh an uair a dh' atharraicheas a' ghaoth, agus 'nad dhiobrach a' shreadh fasgaidh an taoibh eile?

SIR IAIN—A Mhàiri, mar thubhairt mi cheana, cum suas do mhisneach. Air cho trom dubh is gum bi na neòil tha a' ghrian air an cùl cho dealrach 's a bha i riamh. Tha 'n càs cruaidh, ach théid e seachad. Tha deagh mhisneach a' cur neart triùir 'san aon uchd, 's cha ghéill an damhan-alluidh fèin da thrioblaidean. A Mhàiri a ghràidh, cum suas. Cumhaibh suas, a mhùnathan. Cha d' thàinig tràigh riamh gun mhuir-làn 'na déidh. Agus oidhche mhath leibh an ceartair.

(*Theid Sir Iain am mach. Na mnathan ri tiùrsa.*)

BEAN I.—Is e 'n t-àm bochd e; ach thàinig mise troimh a leithid rõimhe.

BEAN II.—Tha cnàmhan cogaidh fad as dona gu leòir; ach as miosaid e uile an uair tha e aig na dorsan. Och, Och!

BEAN III.—O, mo chreach léireadh! Nach iomadh caoidh ghoirt a bhios am màireach ann. A Rath-innis, a Rath-innis, nach ann ort a thàinig an latha.

MAIRI (*A' fasgadh a bas*)—O, nach ann, nach ann! Ochan, ochan i! O, sannt an duine! An sasuich e ana-miannan idir ach le dòrtadh fola. Och, och, a Shir Iain.

(*Tilgidh si i fèin air tulg, is tuitidh am brat.*)

SEALLADH II.

(*An seòmar ceudna. Maduinn an la'r na-mhaireach.*)

MAIRI (*A' tighinn a steach, is a' sealltainn troimh uinneig*)—Is bòidheach a' mhàduinn a th' ann, is Caol Rath-innis cho min ris an anart air an criathair an deagh bhean-tighe a' mhin. Nan robh aigne nan daoine coltach ris na siontan an diugh cha bhiodh fiughair ri feasgar ach mar tha a' mhàduinn a' gealltainn. Ach stad! Ciod e a tha an sud? (I 'g éisdeachd.) O, thòisich so. Cluinnidh mi cheana fuaim nan làmhach agus gaoir a' chath.

(*Cluinnear urchraighean is glaodhaich. Thig mnathan a steach a' sgreuchail.*)

BEAN I.—O, a righinn, tha 'm blàr air shiubhal, agus chi mi na feachdan ag aomadh a null 's a nall, 's air an ais 's air an aghaidh mar thonnan na fairge air an tràigh 'sa gheamhradh. (*Iad a' cluinntinn nan làmhach.*)

MAIRI—O, am faic sibh có 'n taobh a tha buannachd? No 'm faigh Rath-innis os cionn an onfhaidh?

BEAN II.—Tha 'n fhuaim a' tighinn na 's dlùithe is na 's dlùithe, 's cha chaomh leam e. Mur a biodh fir Rath-innis a' dol an comhair an cuil cha bhiodh sin mar sin. O, mo chreach; mo chreach. (*Upraid a' dol air feadh an tighe.*)

MAIRI—O, ach saoil sibhse an do chruinnich àrmuinn an eilein air fad. Am bi fiughair ris a' chòrr cobhair ma tha 'n latha dol an aghaidh fir Rath-innis—is chan 'eil e idir eu-coltach ris. Tha gaoir a' chath a' teannadh is a' teannadh riunn (*I a' fàsgadh a bas.*)

BEAN III.—Mu'n do bhlais an t-eun an t-uisge an diugh, bha diùlanaich Rath-Innis cruinn aig Tràigh nam Fiadh, bho 'n iomall as fhaide air falbh: Fir mhóra an Leithir, fir threuna an Lochdair, is diùlanaich an Rudha le 'n cuid ghearran cruinn mar a ghlaodh na beanntan riutha anns an t-seann dòigh. Ach, eudail 's a chiall, tha eagal ormsa gu bheil feachd ro làdir 'nan aghaidh an diugh. Tha a' ghaoir a' tighinn ro dhlùth oirnn gu buaidh a bhi leotha.

MAIRI—So luchd cabhaig a' tighinn. Cha mhath an comharral leam cho iargalta 's a tha 'n gnùis. Tha eagal orm gu bheil an latha caillte. O, mo cheann! ('*Ga tilgeil féin air an tulg.*)

(*Thig triùir fhear a steach.*)

FEAR I.—Aran is bainne cho luath 's a rinn sibh riamh. Tha 'n latha ion is caillte. (*Na mnathan a' gul 's a' spìonadh an cinn.*) Agus tha againn ris an t-sreud iomain do na beanntan.

(*Thig aran is bainne a steach. Olaidh na fir an cabhaig á mèis is á meadar, 's am bainne a' sruthadh a sìos am, broillichean.*)

FEAR II. (*A' bruiddhinn 's a bheul làn*)—Chaidh fir Rath-innis a chur an comhair an cuil bho mhuran na tràgha gus a' chreig għlais; agus bheir sin beachd dhuibh ciamar tha 'n cath a' dol. (*Na mnathan a' gul.*) Ach chan 'eil an sin ach bho bhàrr na bròige gu sàil seach an t-astar tha eadar am blàr agus so.

FEAR III. (*A bheul làn*)—Ach ma chailleas sinn an la 'n diugh tha là eile ri tighinn. An uair a gheibh sinn am measg nam beann, chan 'eil fo chomraich Fear a' Ghlinne na chuireas iteag eile asainn. Eh, fheara?

AN DITHIS EILE (*Am beòil làn*)—Fhuardas agad e.

TE DE NA MNATHAN—O, mo chreach léireadh ! An d' thàinig i 'n taobh so?

FEAR (*A bheul làn*)—E ! Ach thàinig i sin.

BEAN EILE—O, a Rath-innis, a Rath-innis, nach ann ort a thàinig an latha ! Ma tha na coimhich a' dol a bhi air do mhachraichean sultmhor, 's do shluagh dligheach féin air sliosan sgorrach nam beann ! O, a Rath-innis, a Rath-innis.

(*An fhuaim a' tighinn na 's dlùithe.*)

MAIRI—O, c' àit' am faca sibh Fear Rath-innis mu dheireadh ?

FEAR—A' cath gu gleusda anns a h-uile h-àite bu chunnart-aiche, agus a chlaidheamh a null 's a nall mar so (*E 'g iomairt le chlaidheamh fén*), 's e a' leagail shamhanach.

FEAR I. (*Ga shuathadh féin*)—Feumaidh sinn a bhi as mu'm beir an sùthadh oirnn. Tha 'n ruaig a' tighinn faisg oirnn, fheara.

FEAR II.—Dean faighidinn. C'uin a fhuair sinn am biadh mu dheireadh ? Agus c'uin idir a gheibh sinn an ath-shear.

FEAR III.—Fhuardas agad e. Chan fhealla-dha so idir. Fichead mile a choiseachd no mharcachd, is dol am broilleach blàir an cois na tuinne, le broinn shalaimh. (*E ion is 'ga thacadh leis a' ghreim a tha 'na bheul.*)

FEAR I.—Mach sinn. Mach sinn. Dèanamaid a' chuid as feàrr de 'n chuid as miosa. Cumhaibh a suas, a mhnathan. Ma chailleas sinn blàr, cha chaill sinn spréidh. Slàn leibh ! Slàn leibh !

(*Falbhaidh na fir, is bidh na mnathan air feadh an tighe a' tuireadh.*)

MAIRI—O, mo chreach ; mo chreach léireadh ! Nach mòr a bheir latha mu 'n cuairt. 'Sa mhaduinn an dé cha robh uiseag air sgéith bu shunndaiche na mi. Ach an diugh, mo chreach, chan 'eil comhachag anns an toll as duirche an doire thruim nan dos as goirte tuireadh na mi. An dé bha mo smuan air sròl bean na bainnse ; ach an diugh, mo chreach, Ciòd e ? Ciòd e ? Caile no cailleach a' dol do 'n chill—a' dol do'n chill ! M' aighear an uair a b' àird e, air a leagail gu làr mar am buillsgean bòidheach a dh' éireas o chìrean nan tonn le daithean a' bhogha fhroise a' dealradh 'sa ghréin, ach a sgàineas an oiteag am priobadh na sùla. Ach ciòd e 'm fàth a bhi gearan. Sud cor an duine 'san t-saoghal, mar long a' dol ri fuaradh a' cur a crannag 'san uisge an dara uair is ag éirigh direach air a druim an uair eile mar a shanntaicheas a' ghaoth iomlan.

(*Thig Sir Iain a steach. Leòn beag air a làimh, is tuar a' chath air.*)

O, Iain, a rùin, an do thill thu thugam beò. (*I a' cur a làmh uime.*) Cha ghearan domh na thachair is thusa fathast an làthair.

SIR IAIN—Gabb faighidinn, a Mhàiri, a rùin.

MAIRI—Ciod e thachair, Iain?

SIR IAIN—Chaidh am blàr 'nar n-aghaidh gu goirt—

MAIRI (*Le sgreuch*)—Chaill sibh, Iain?

SIR IAIN—Chaill, a Mhàiri. Cha b' ionghnadh e. Bha feachd ro làidir 'nar n-aghaidh, agus mo chuideachd-sa sgith le imeachd na h-oidhche. Chaill sinn an latha; ach cha ghéill sinn. Ni sinn ullachadh roimh là eile.

MAIRI—Chaill thu 'n latha, Iain; agus chaill thu, math dh' fhaoideadh, do chuid 's do dhùthaich; ach tha mi làn thoilichte thu a thighinn beò as an àmhuinn, agus gum faod mi mo dhà làimh a chur timcheall ort fathast. (*Na mnathan a' gul.*) Am bheil thu dona air do lot? Leig fhaicinn domh e. (*Fuasglaidh i' m bréid.*)

SIR IAIN—Direach friochd beag. Sin; ni sin an gnothuch Rug barr claidhimh orm. O, Mhàiri, ghaoil, is e 'm blàr fuitteach e, is gach fear againn a' tabaid as leth a theintein 's a shaorsa bho rian ùr. Ach tha laoich Rath-innis a' dol an comhair an cùl. Tha tuilleadh 's a' chóir mu 'n coinne; ach tha iad fathast a' cath gu dùlanach a chum cothrom fhaotainn a dhol fo dhlon nam beann. An sin cathaichidh sinn gus an sàruich sinn feachd Ghlinne-fraoich. Thàinig mise air thoiseach le buidhinn a chum an spréidh iomain air falbh gu airidhean ùra.

MAIRI—Ach na mnathan 's a' chlann, Iain?

SIR IAIN—Leanaidh cuid diubh sinn gun teagamh. Ach a' chuid a dh' fhuiricheas, chan 'eil cùram daibh. Ged a tha 'n nàmhaid borb an cath, a Mhàiri, is Gaidheil iad; is giùlainidh siad iad féin mar Ghàidheil—mar uaislean. Ach, a Mhàiri, bithidh an tòir as ino dhéidh-sa. Is ann ormsa a thuiteas cudtrom a' bhuisse air fad—ma bheirear orm. Tha mo cheann is m' amhach air am maoidheadh orm.

MAIRI—O, Iain, Iain!

SIR IAIN (*A' leantainn*)—Feumaidh mi bhi as, a ghaoil. Tha 'n tòir a' tighinn dlùth orm. Cluinn a' ghaoir!

MAIRI—O, Iain, nach b'e 'n lárach e!

SIR IAIN—Mo bheannachd leat gus an coinnich sinn a rithis; ma tha a leithid an dàn duinn. Is fada o na thuirt bean-fhiosachd anns an Spàinnta rium a bhi 'n am earalas air Latha Lùnasdail, agus 'nam fhaicill air fear mó r leadarra is ball-dòbhrain air a leth-cheann chli. Thainig Latha Lùnasdail, a Mhàiri, agus fhuair mi mo leòir an diugh cheana de fhear a dh' fhág comharra orm mur a bheil comharra air. Bithidh sinn a nis a' dealachadh, a Mhàiri.

MAIRI (*A' crochadh ris*)—O, Iain, nach b' urrainn mi leantainn riut, ged a b' ann as an tràigh a thigeadh ar lòn.

SIR IAIN—Chan 'eil sin comasach. Ach théid thu dachaидh

gun mhionaid a chall. Bidh mise aig fois a' smaointinn gum bi thu teàruinte, socrach air còrsaichean Locha Muighe.

MAIRI—O, ciod e 'n t-socair dhòmhsa a bhi a' smaointinn ortsa air ana-cothrom is 'gad shealg o chàrn gu càrn?

SIR IAIN—Is eutrom an t-uallach leam e as leth Rath-innis 's a shluagh. Sin agad mo sgian-dubh, a Mhàiri. Biodh i agad mar chuimhneachan orm, ma tha e 'n dàn duinn gun coinnich sinn am feasda. So (*E pògadh na sgìne.*)

MAIRI—Agus so ('*Ga pògadh, cuideachd.*)

SIR IAIN—Mo bheannachd leat, a ghaoil (*E 'ga plùchadh r'a bhroilleach.*)

MAIRI (*A' tuireadh*)—O, Iain, ciod e mar a dhealaicheas mi riut? Nach truagh—nach truagh nach b'e mo chòir bho'n chléir dol 'nad chuideachd troimh na h-uile fòirneart. Cha tàmh leam tuilleadh tàmh na h-oidhche. Chan fhois leam fois an là, agus fios agam nach bi do chòmhnuidh-sa ach an taic nan stùc, gun leabaidh ach am fraoch no 'n raineach, gun chluasaig ach do ghàirdean treun, 's do bhreacan-guaille a' cur fasgaidh ort o oiteig na h-oidhche.

(*Fuaim a' chath a' tighinn na 's dlùithe.*)

SIR IAIN—Tha so a' dlùthachadh. Slàn leat, a Mhàiri! Slàn leibh uile (*Na mnathan a' gul*). Mo shoraidh le mo sheann dachaidh, is le dealbhan m' athraichean a tha a' sealltainn a nuas orm o na seana bhallaichan. Slàn leibh; slàn; slàn!

(*Theid Sir Iain am mach.*)

MAIRI—O, nach b'e an deuchainn e!

NA MNATHAN—O, a Shir Iain; a Shir Iain! Och, ochan i! Nach ann air Rath-innis a thàinig e!

MAIRI (*A' sealltainn troimh 'n uinneig*)—O, mo chreach! Tha fir Rath-innis a' dol seachad 'nan ruraig. Tha 'm blàr a dh'aon taobh a nis; is monadh is beinn do fhir Rath-innis. Stadaibh; stadaibh! So tòisichean Fear a' Ghlinne a' tighinn a steach, is uabhar na buaidh 'nan gnùis.

(*Thig Fear a' Ghlinne is Fear Locha-Sgàlain, is saighdearan a steach.*)

FEAR A' GHLINNE—So an nead 's an cuachan; ach tha 'n t-eun air teicheadh, agus an cathachadh gleusda a rinn sinn air a chur an dolaidh. Cha bhi dùil ri sith no ri rian an Rath-innis am feadh 's a bhios Sir Iain 's a chuideachd air an daingneachadh am measg nam beann, far an téid aca air frith-chogadh a chumail air aghaidh gun taing le bhi toirt siuthaidhean gun fhios a nuas gus na raointean mar iolairean spuireach nan ilbhinnnean. Fhir Locha-Sgàlain, a charaid, tha

mi 'gad fhàgail an làn ughdasas an Rath-innis, agus tha mi 'g earbsadh riut a h-uile h-innleachd a chleachdad a chum Triath Rath-innis a chur 'san rib—beò no marbh, gabh beachd—beò—no marbh. Gun sin cha bhi sith 'sna h-eileanan. Cuiridh tu freiceadan ar gach bealach 's air gach bàgh a chum is nach bi dol as aige (*Na mnathan 'nan suidhe a' gul*) gus an tig e air bealaibh ceartais an Dùnéideann.

FEAR LOCHA-SGALAIN (*A' deanamh àmhachd*)—Ni mi mo dhicheadh, le 'r cead, a chum bhur n-òrdugh a chur an gniomh.

FEAR A' GHLINNE—Tapadh leat. Tha mi cur làn earbsa asad. Tha gnothuch eile a' glaodhaich riumsa, agus bithidh mi falbh. Slàn leat, agus cluinneam gu tric bhuait.

FEAR LOCHA-SGALAIN (*A' deanamh àmhachd*)—Slàn leibh, a Thréibh.

(*Théid Fear a' Ghlinne am mach. Ni na saighdeirean àmhachd dha.*)

FEAR LOCHA-SGALAIN (*Gu tàireil*)—Ho hó ! An e gun d'thug an damh-féidh am fireach air, 's na h-earban fhàgail 'na dhéidh ! Nach faod mi suidhe làmh riut, a chaileag ?

(*E a' suidhe air an tulg làmh ri Màiri.*)

BEAN (*A' togail a' chlobha*)—Bi siobhalta, 'ille ! Ma tha t' arm fèin agadsa, tha m'arm fèin agamsa : arm nan cailleach ; agus bi siobhalta !

MAIRI (*Ag éirigh 'na seasamh*)—Bi modhail ; agus ged tha thu 'n diugh air cathair an uabhair, bi 'd Ghaidheal. Is e sin—mur a h-aithne dhuit e—bi 'nad dhuin-uasal. (*Na mnathan a' maoidheadh air.*)

BEAN EILE—Bi direach socrach.

AN TREAS BEAN—Thoir an urram fèin do mhìanathan.

MAIRI (*A' leantainn*)—Oir an té ud (*A' toirt ami mach na sgìne*), a tha fathast blàth o chruachainn Fear Rath-innis, gheibh i àite as blàithe ann ad uchd-sa.

FEAR LOCHA-SGALAIN (*Ris fèin, 's e ag éirigh 'na sheasamh le athadh*)—Fheara 's a dhaoine ! Am faca mi riamh iomhaigh mnatha as böidhche ! A cruth 's a h-aogasg ag innseadh a tighinn 's a h-àrach, 's an shuil uaibhreach a tha ruith 'na cuislean. (*A' bruidhinn gu h-àrd.*) A nighneag, na gabh mo dhàandas gu h-olc. Gabh mo leisgeul. Bheir mi daonnan urram agus meas Gaidheil do mhìanaoi. Cha ruig thu leas arm stàilinn g'ad dhion. Tha'n dion ort, a th'air gach uile mhìanaoi : gur boireannach thu. Mar Ghaidheal a bheir géill do rian a shliochd cuiridh mise urram air an dion sin ; agus, mar chomharra, cho math ri cuimhneachan, air an làrach air am bheil sin, ni sinn iomlaid sgian—

MAIRI (*A leth-taobh*)—O, am bheil mo shùilean 'g am mhealladh. Ball-dóbhrain air a leth-cheann chli. “ Bi 'nad



fhaicill air fear agus ball-dóbhrain air a leth-cheann chli." So e gun teagamh. (*A' bruidhinn gu h-àrd.*) Chan 'eil reuson air ionmlaid sgian. Mar a thubhairt thu féin, tha mo dhion am chuideachd—gur boireannach mi; agus, leis an ùghdasas a dhleasas gach bean o thriath, ce b'e cho àrd-inbheach 's a bhios an triath no cho iriosal 's a bhios a' bhean, cha bhi eagal beud no ana-cothrom oirre. Sin reachd a' Ghaidheil.

NA MNATHAN—Sin e; sin e!

MAIRI (*A' leantaim*)—Agus a thuilleadh air a sin, tha'n sgian so 'na deas h chuimhl eachan cheana—'na cuimhneachan air Fear Rath-innis (*I a' pògadh na sgìne*); agus gus an till e—ma thilleas e—'s e 'm bàs a dhealaicheas sinn. Tha làrach a bhilean a' meirgeadh oirre cheana ('ga pògadh).

NA MNATHAN—Ochòin; ochòin !

FEAR LOCHA-SGALAIN (*A' deanamh ùmhachd gu lär*)—Mile maitheanas, a righinn. (*A leth-taobh.*) O, nach ann leam a b' àill a bhi suas rithe ! O, nach bu mhi Fear Rath-innis.

MAIRI (*Tuitidh an sgian oirre*)—A Mhórag, faigh na h-eich air am beartachadh, agus fágamaid so. Slàn le Fear Locha-Sgàlain. Slàn; slàn !

(*Ni Fear Locha-Sgàlain ùmhachd gu lär. Théid na mnathan am mach gu gogaideach agus té an déidh té a' deanamh ùmhachd, agus Fear Locha-Sgàlain a' sealltann as an déidh agus a' deanamh ùmhachd do gach té air leth.*)

FEAR LOCHA-SGALAIN (*A' sealltann an déidh nam ban*)—Thalla; thalla ! Nach iad a tha neo-eisimeileach ! Théid mise an urras gu bheil rud r'a dheanamh mum faighear làmh an uachdair air fir a shiolaich o mhàthraighean air am bheil iad sud 'nan samhlaidhean. Ach, 'illean, rannsaichibh fàrdach Fear Rath-innis air thòir bidh is dibhe. Bha traisg fhad againn, agus biodh a nis na bliurd a' diosganaich le toradh Rath-innis. Is math a choisinn sinn e.

(*Thig Fear an t-Srath is Fear Dhùin-robaich a steach.*)

Thugaibh an làthair cuid de na bhéil 'san t-seilear, feuch ciod e a' bhrigh a tha 'n eòrna nam machraighean anns am bheil flor-uisge is grinneal nam beann a' cur beatha.

(*Theid Gillean am mach.*)

Fàilte air Fear an t-Srath ! Fàilte air Fear Dhuin-robaich ! Is math leam gu bheil sibh beò. Chan fhaca mi sealladh oirbh o 'n thug sinn a' cheud phlub 'san t-sàile.

(*An àm do na gillean dol am mach togaidh fear dhinbh an sgian-dubh a thuit air Màiri air an tulg.*)

AN GILLE (*Ri Fear Locha-Sgalain*)—Ciod e thà 'n so? Dh' fhàg an righinn diochuimhn' 'na déidh!

FEAR LOCHA-SGALAIN—Hà! Leig fhaicinn domh i. Théid i so 'na h-aite, 's bitidh greis mun toir i 'n aire gu bheil ceann tuirc an àite ceann a' mhìol-choin. Ni mise feum dhi so. (*Iomlaidh e na sgéanan.*)

MAIRI (*A' tilleadh*)—Hà! Shaoil mi gun do chaill mi thu. (*A' pògadh na sgìne.*) Is fuar ri m' bhilean thu, ach 's blàth ri m' chridhe thu—fuachd na spor as an tig teine le sgreaddadh na cuaiche! (*Theid i am mach.*)

FEAR LOCHA-SGALAIN (*Fiamh gàire air*)—Ha; hà! Tha thu air do mhealladh, a chaileag! Chan 'eil cabar 'sa choille as lugha ort na mise (*Thig gillean a steach le biadh is deoch*), ach b' àill leam na beartas an domhain gum bu tú an spor agus mise a' chuach-theine a bhriodaladh sradagan gaoil as a' chridhe a tha plosgail ann ad chom. Ni mi fathast mo dhicheall air do thàladh orm. Mur téid leam cha bhi atharrach air. Cha nàir do ghille loth 'ga thilgeil. Agus ni mi uis dith so a chum mo lion a chur mun cuairt ort. (*Ris na fir.*) Ach suidheamaid mun cuairt, a chairdean, is caisgeamaid ar pathadh 's ar n-acras. Sud ort, Fhir an t-Srath! Sud ort Fhir Dhùin-robaich!

AN DITHIS (*A' freagairt còmhla*)—Slàinte! Suas i! Suas i!

FEAR DHUIN-ROBAICH (*'Na sheasamh*)—Guidheam crìoch urramach air an ar-amach so. Thug sinn am mach an nead, agus ma bhitheas sinn gleusda glacaidh sinn an t-eun cuid-eachd mu'm bi ùine aige aon sop a thogail a chur cuachain eile r'a chéile. Suas i, a chairdean! (*Buailear cuachan air a chéile.*)

FEAR LOCHA-SGALAIN—Slàinte air fad! Agus tha eun eile 's an doire a bu mhath' leam a ghlaicadh; ach chan ann le rib ach le tèladh na mnà-sithe. Air Slàinte Mairi Locha Muighe.

NA H-U AISLEAN—Slàinte; slàinte!

FEAR LOCHA-SGALAIN—Sud oirre!

CACH—Agus sud is sud.

(*Aig an àm cheudna bidh na gillean aig bàrd eile a' gabhail an cuid 's ag aithris air na h-uaislean.*)

GILLE I.—Air do shláinte, Fhir a ghàraidh-chàil. Hi-hi-hi! A' CHUIDEACHD—Slàinte mhór aige-san.

GILLE II.—Air slàinte Fear-an-iomaire-mhóir!

CACH (*Ag éirigh 'nan seasamh*)—Slàinte aige san, agus gu ma paitl a chuid eòrna! (*Iad air fad a' gàireachdaich.*)

GILLE II. (*A' leantainn*)—Sud ort. Fhir a' bhlàir-mhòna!

CACH (*A' bualadh nan cuach*)—Ho ré!

GILLE—Agus gu ma l'ionnhor a chruachan!

GILLE I. (*A' togail na cuaiche*)—Air bhur slàinte air fad mun cuairt (*E a' toirt suil-fhiar air na h-uaislean*), agus, eudail, 's nach bu mhi a' chuach-bhainne anns an sruthadh le sgreaddadh

(*Ni càch gàire, a' sealtainn rathad nan uaislean*)—slaodadh, slaodadh a b' àill leam a ràdh—le slaodadh sìnean a' mhairt, am bainne as a h-ùgh !

GILLE EILE (*Cuch a' gàireachdaich*)—Agus mise am muighe anns an dòirteadh an t-uachdar.

GILLE III.—Agus mise an loinid leis am biodh Màiri Locha-Muighe a' maistreadh.

GILLE IV.—Agus an rud as feàrr air fad, mise an t-im a bheireadh righinn Locha-Muighe as a' mhuighe le a làmhan mine, is iad 'gam plùchadh gu bòidheach 'na basan. Slàinte ; slainte ! (*Iad a' gàireachdaich 's a' cumail sùil-fhiar air na h-uaislean*.)

FEAR LOCHA-SGALAIN—A chàirdean, tha sealg mhór agamsa r'a deanamh an Rath-innis. Tha sionnach r'a chur fo m' shàil, agus peucag r'a cur ri m' bhroilleach ; agus chan 'eil fios có a' chuid as fhasa dhiubh, is gun mi eolach air a' ghrunnd. Feumaidh mi, a chàirdean, innleachdan an t-sealgair a chleachd-ainn air an dara làimh agus seòltachd an t-suiriche air an làimh eile. Thug sinne buaidh air Fear Rath-innis le buillean de ar lannan ; ach thug righinn Locha Muighe buaidh ormsa le buille de a sùil. Ach mur a tachair Bean-nighidh orm aig allt air choireiginn, a bheir eolas-gaoil domh, math dh' fhaoitheadh gun dean sgian-dubh Rath-innis a bhi air cruachainn Locha-Sgàlain, gaol fhuarachadh eatorra. So air maighdeann Locha-Muighe. Suas e, fheara ! (*Togar iolach is buailear cuachan air a chéile.*)

GILLE—So air Maol-buidhe. (*Ni na gillean gàire.*)

GILLE EILE—So air Ruadh-bheinn !

'CACH—So ; so ! Ho ré !

FEAR LOCHA-SGALAIN—Deoch an doruis !

CACH ('Nan seasamh)—Suas i ! Ho ré !

NA GILLEAN—Ho ré ! Suas i !

TUITIDH AM BRAT.

E A R A N N I I I .

SEALLADH III.

(*Dà mhios air dol seachad. Tachraidh Cailleach na Draoidh-eachd is Fear Locha-Sgàlain air a chéile taobh am muigh a' bhrait.*)

FEAR LOCHA-SGALAIN ('Na aonar ris féin)—Tha dà mhios a nis air dol seachad, is chan 'eil mi fathast na 's fhaisge air Màiri na bha mi a' cheud latha. Tha Dùn air a dhion le sleaghannan cho tiugh ris na bioran air druim gràineig na's fhasa thoirt am mach na buaidh fhaotainn air cridhe maighdinn, is i fo gheasaibh le gaol òganaich. Dh' iomlaidinn

suidheachadh ri Fear Rath-innis am màireach. B' àill leam leth-cheud uair a bhi 'gam ruagadh bho chàrn gu càrn, agus maighdeann mar a tha Màiri Locha-Muighe an gaol orm, na rioghachd a bhi fo m' làimh agus leithid Màiri a bhi a' cur cuil agus dubh-chùil rium. Ciod e am feum e tha 'n eòlas-gaoil? Chan fhèarr giosragan Cailleach na Draoidheachd a chum talaidh na crònán a' chait a laigheas gu socrach taobh an teine; is chan fheàrr sugh á luibheannan a lagachadh an fhiabhruis ris an abrar "an gaol" na deoch de uisge a' bhac-mhòna an uair is duinne e le teas is tioramachd an t-Samhraidh. An uair a thig i, cuiridh mi-féin innleachd 'na ceann, math dh' fhaoidh-teadh, a dh' oibricheas na 's feàrr na giosragan nan Doideag 's nan Laorag 's nan Glaistigean a tha air seadh nan eileanan dorcha so. Ciod e tha 'ga cumail a nis? (E a' sealltainn bhuaidhe.) Ach so i a' tighinn. (Thig a' Chaill-each a steach, agus ni i beic. Théid i mu'n cuairt a' deanamh clearcaill leis a' bhata.) Tha maduinn mhath ann, a Chatriona. Ciod e 'n sgeul a th' agad an diugh?

A' CHAILLEACH—Tha i 'n diugh mar a bha i 'n dé le 'r cead.

FEAR LOCHA-SGALAIN—Agus mar a bhitheas i am màireach, a Chatriona. Is ann de "mhnathan Chomhnuill" Mairi. Tha i cho trom fo gheasaibh le gaol Fear Rath-innis is nach toir t' obagan no t' eabagan an t-aideachadh as lugha aside. (Ni a' Chailleach beic, is theid i mu'n cuairt a' deanamh clearcaill leis a' bhata.) Cha 'n fhàg an t-éilein eigheannaich an iarmailt na 's fuaire do 'n t-seòladair air druim a' chuain na tha Mairi fathast a' fágail iarmailt Locha-Muighe dhòmhsa. (Ni a' Chailleach beic.)

A' CHAILLEACH—Ma tà, tha mi a' cumail rithe cungaидh air bàrr Lus-a-liagain air a mheasgadh le sùgh Lus-a-chorain, agus dà làn dùirne de bhun Lus-an-t-saoidh air a phronnadh gu min an déidh a bhi 'ga thiormachadh fad thrì ràidhean an toit mòine an t-Srath-mhóir, agus callduinn Coille a' Choire; agus sin uile air a bhruch 's air a leaghraadh an uisge Tobar-an-t-sonais. Bu chòir do 'n chungaiddh sin a' ghaoil toirt air boireannach cuimseach 'sam bith gaol a ghabhail air an fhàmhair mhór a bha 'n iomall an Dòmhàill-Dàmhàill. Ach dh' fhairtlich Mairi Locha-Muighe orm, a rùin. Dh' fhairtlich i orm buileach, buileach. ('S i a' breabadh leis a' bhata.)

FEAR LOCHA-SGALAIN—Dh' fhairtlich, a Chatriona. Ach tha deagh innleachd air tighinn am cheann fein.

A' CHAILLEACH—Seadh a rùin. Cluinneam i (I a' breabadh a' bhata).

FEAR LOCHA-SGALAIN—An téid thu an comh-bhoinn leam.

A' CHAILLEACH (A' breabadh a' bhata)—Le m' uile chridhe.

FEAR LOCHA-SGALAIN—Seadh, ma ta! Mar tha fios agad, chan 'eil rud 'sam bith as phasa na iadach a thogail an cridhe neach an gaol, agus gu sònruichte an eridhe fir. A nis, chuala Fear Rath-innis, 'na chàrn, mu'n sgian-dubh ud. Sud i (E 'ga nochdadh.) Chan 'eil ni nach 'eil e a' cluinntinn. Chual e

mu m' thurusan-sa gu Loch-Muighe, agus tha eud is amharus an déidh éirigh ann. Tha fear-brath aige air na criochan an ceartair féin, agus tha e a' faotainn a h-uile cothrom air sgeul a thogail. Is e m' innleachd-sa cothrom a thoirt dà breug-sgeul a thogail—breug-sgeul gum fac e mise is Mairi an cuid-eachd a chéile agus a' leannanachd. (*A' Chailleach a' cur car dith is a' deanamh chearcall.*)

A' CHAILLEACH—Gasda! gasda! Cluinneam an còrr.

FEAR LOCHA-SGALAIN—So agad an còrr. Dean thusa innleachd air choireiginn a chum is gun tig Mórag g' am choinneachadh-sa an àite follaiseach air choiréiginn far am faic am fear-brath sinn. Am bheil thu a' tuigsinn?

A' CHAILLEACH—Glé mhath! Glé mhath!

FEAR LOCHA-SGALAIN—Biodh sròl agus usgraichean Mairi air Mórag. Is aithne dhuit féin an gille-brath, agus gabh dòigh air a chur far am faic e sinn, cho dlùth dhuinn 's gun aithnich e sròl is usgraichean Mairi, ach cho fada bhauinn 's nach aithnich e Mórag seach Mairi. Am bheil thu a' tuigsinn?

A' CHAILLEACH—Ro mhath: innleachd ghasda. Agus cuiridh mi fhin an còrr rithe. (*I a' deanamh chearcall.*)

FEAR LOCHA-SGALAIN—Rach 'nad ghleus, ma tà, is bi a' furan do d' dhreuchd. Dean innleachd a bheir air Fear Rath-innis amharus a leagail, agus, bho nach d' rinn thu an gnothuch air Mairi troimh a goile, dean an gnothuch air Sir Iain troimh a chluasan. Bi gleusda a nis. Bithidh an gille-brath a' snàgan mu'n cuairt gun dàil. Latha math leat. (*Ni a' Chailleach beic. Falbhaidh Fear Locha-Sgàlain. Cuiridh a' Chailleach am mach a teanga ris taobh a chùil.*)

FEAR LOCHA-SGALAIN (*Ris féin 'san dol am mach*)—Mur a buidseach thu chan e a chionn 's nach 'eil a coltas ort.

(*Thig Murchadh, an gille-brath, a' snàgan a steach.*)

A' CHAILLEACH (*A' dol mu'n cuairt*)—O, a Mhurchaidh, a rùin! An tu tha 'n so? Ciod e, a rùin, a chuir a shnàgan thu mar chat a' sealg air luch, 's do shùilean a' lasadh le geilt? Nach ann air muinntir Rath-innis a thàinig an latha 'nuair dh' fheumas iadimeachd air an criochan féin mar shionnach d' am bheil gach ainmhidh 'na nàmhaid. Ciod e do sgeul á cuirn fhuara nam beann?

MURCHADH—Tha mo sgeul, a Chatriona, mar is dùth dhith a bhi—a' fulang cruadail; ach deagh mhisneach is dannarrachd a' toirt air gach cruadal sruthadh dhinn mar a shruthas an tuisge bhàrr druim na tunnaige a bhios 'ga falcadh féin 'san allt.

A' CHAILLEACH (*A' crathadh a cinn*)—Eudail 's a chiall!

MURCHADH—Uist; uist! Ach có am fear leadarra grinn a dhealaich riut an ceartair, 's a cheum cho mòrail is ged a bliiodh e a' tair air an talamh o'n d' thàinig e?

A' CHAILLEACH—Có, rùin, a thigeadh cho dàn mu na craidhean so ach Fear Locha-Sgàlain. Tha mi cinnteach am

beag sgeul a chaidh gus a' mhór-sgeul air an t-srath, gun d' ràinig i mullach a' mhonaidh, cuideachd.

MURCHADH—Tha do bhriathran cho dorcha 's a tha do chraiceann cho iarnaidh le toit na mòna. Ciod air a dh' eireadh am beag-sgeul a chaidh do 'n mhór-sgeul?

A' CHAILLEACH—Cha b' ann am bheul a bu mhath leam fhaotainn, ach cha robh rud riabh air am b' phasa sgeul a thogail na air leannanachd.

MURCHADH—Ciod i an leannanachd? Am bheil Fear Locha-Sgàlain a' tighinn do Loch Muighe a leannanachd.

A' CHAILLEACH—Tha, a Mhurchaidh.

MURCHADH—Am bheil sin fior a nis? Tha mise an so a' togail brath, agus ma chuireas tu air seachran mi cuiridh mi seachd troidhean de ùir Locha-Muighe os do chionn (*An sgian-dubh 'na làimh*), mu'n laigh grian an latha màireach. Thoir dhomhsa dearbhadh air do sheanchas.

A' CHAILLEACH—Ubh; übh; übh! A Mhurchaidh; am bheil i tighinn mar so? Ach an cluinn thu? Ciod e an dearbhadh as fheàrr a gheibh thu nan dearbhadh a bheir do dhà shùil fèin duit? Thig an so. Seas cùl na creige glaise ud an aodann a' chnoic mu ám eadraidh, agus gabh beachd air na chi thu. Coinnichidh mise an sin thu; o'n tha thu a' maoideadh mo chinn is m' amhaich orm, agus bithidh mo dhà shùil-sa 'nam fianaisean cho math ri do dhà shuil fèin 's cha mhaoidh thu mo bheatha ormsa a rithis.

MURCHADH—A' chreag għlas!

A' CHAILLEACH—A' chreag għlas!

MURCHADH—A Chatriona, cuimhnich ma tà; aig ám eadraidh, neo bithidh i sud an taic riut (*E a' cocadh na sgine*).

A' CHAILLEACH—Aig ám eadraidh; agus dearbhaidh tu sgeul a chuireadh searrach Rath-innis bho dheoghal.

MURCHADH—Latha math leat an dràsd, ma tà (*E a' snagan air falbh*); agus bidh mise an taic na cloiche glaise aig ám eadraidh gun dearmad. Latha math leat. (*E falbh*).

A' CHAILLEACH (*A' tionndadh air falbh 's a' cur am mach a teangaidh*)—Mar sin leatsa.

TOGAIDH AM BRAT.

(*Gà̄adh Locha-Muighe. Mairi is Morag, a maighdeann choimhidh, air suidheachan. Thig Fear Locha-muighe a steach*).

FEAR LOCHA MUIGHE—Bheir mise comhairle aṭħar ort, a Mhàiri, mo nighean agus m' aon duine cloinne. Thig gu còrdadh ri Fear Locha-Sgàlain, agus na bi a' deanamh urra, agus urra fhaoin, á eun air sgaoim á nead creach-te, agus gun fhios cò 'n doire anns am paisg e a sgiathan a rithis. Chunnaic mise ri m' latha móran de a sheorsa, agus tha eagal orm gum bi Fear Rath-innis ris an aireamh nach do thill. (A' Chailleach, a'

snàgan a steach.) Nach 'eil mi ceart, a Chatriona? Chaidh de bhliadh nachan thar do shean chinn leith na bu chòir urad fhàgail agad air rian-stiùiridh mac-meannna an duine 's a dh' fhàg iad agad air gach gnè lus a leighiseas gach eucail cuirp d' am bheil an duine buailteach. (*A' Chailleach a' cur char dith agus a' beiceadh ris a h-uile facal.*)

A' CHAILLEACH—Tha mi ag aontachadh leibh. Tha mi ag aontachadh leibh; agus is diù nach gabh comhairle.

FEAR LOCHA-MUIGHE—Fhuras agad e, a Chatriona, agus comhairle athar aige sin. Is beag a tha Mairi a' tuigsinn mar tha i 'gam chràdh-sa.

MAIRI—Cha 'n atharraich obagan no eabagan mo bheachd-sa. Cha mhor is fhiach an gaol a ghabhas togail le comhairle bho neach gu neach. Far an tig gaol gun iarraidh chan 'eil ann a spionas a shreumhan. Agus gus an greidhear aran air greideil eigneannaich, gus an reòdh gaithean na gréine an t-im anns a' chrog, agus gus an till uisge Loch Meabh ri bearradh Beinne Dealgain cha bhris Mairi Locha-Muighe a gealladh do Shir Iain Rath-innis. B' aill leam a chàrn an dubhar nam beann far nach faod e nochdadach ach mar ialtag 'san oidhche, is far am bheil e 'n eisimeil a làmhaich 's a bhogha a chum a lòn a chosnadh de na th' air sgiathan luath no air casan lùthach, no caisteal ualibreach air rudha ilbhinneach 's an saoghal a' cur a steach ann. Sin agaibh Mairi Locha-Muighe.

FEAR LOCHA-MUIGHE—Hm ! Direach sin, a Mhairi. Tha thu seachad air smachdachadh na glùine, 's cha ghabh thu comhairle na h-uilne. Chan 'eil feum air bhi bruidhinn riut. Tha e cho furasda an car a thoirt as an t-seana mhaide 's toirt air nighinn rag-mhuinealaich a beachd atharrachadh. Hm ! (*Theid e am mach.*)

A' CHAILLEACH—Tha mi buidheach dhiot, a righinn. Tha thu a' leigeil fhaicinn dilseachd maighdinn da leannan; agus mo chion ort. Tha thu eadar "da théine Bhéil;" ach rinn mise innleachd a thogas eud o t' athair agus a chuireas an gur a bhàrr Locha-sgàlain. Ha, hè ! Cuiridh mi 'n gur deth gus am bi a chuid itean 'nan laighe cho mìn sliogte ri itean eireig. Ha, hè ! Chuir mi draoidheachd air, is chuir mi 'n ire dha gu'n coinnicheadh tusa 'sa ghàradh e mu ám eadraidh. Gabhaidh Mórag t' aite, is cuiridh i oirre do thrusgan is t' usgraichean. Cha chuir esan umhail cò bhios aige gus am falbh an gur deth. Ho, hó ! (*Mairi a' crathadh a cinn le fiannh-gháire.*) Agus an uair a dh' shalbhas, furaichidh e. Am bheil thu toileach, a Mhòrag ?

MORAG (*A leumraich 's ri fearas-chuideachd*)—Nach 'eil fhios gum bheil. Ho ho, hó ! Nach gasda an rud a bhi tacan beag fèin a' leannanachd ri duin-uasal. Hà, ha, hè ! Nach mi ni 'n righinn : seallaibh sin ('S i a' coiseachd gu h-uaibhreach air a h-ais 's air a h-aghaidh). Ciod e mar tha mi a' sealltann? Nach mi a ni mo bheic gu siobhalta, uasal. Sin agaibh e. Ho, ho, hó !

A' CHAILLEACH (*Is i a' mireag cuideachd*)—Thallamaid, ma tà. Deasaicheamaid a' chluicheachd. Bidh do leannan a' feitheamh riut, a Mhórag. Ha, ha, hè !

(*Théid iad am mach. Chithear Murchadh d' sniadadh a steach 's a' dol air cùl na creige. Thig a' Chailleach a steach an ceann greis*).

A' CHAILLEACH—Seadh, a Mhurchaidh. Tha thu aig gocamanachd. Ciod e an sealladh as mò a chì thu, mu'n dubhairt an sean sgeulaich' e?

MURCHADH (*A' sealltainn rathad a' ghàraidh*)—Chan fhaic mi dad fathast a chuireas ionghnadhlormach cat glas a' sealg an loin-duibh, agus am bru-dhearg an déidh tighinn á Coille na glaistig a chur seachad a' Gheamhraidh an taic Caisteal Lochamughe. Ach uist, uist ! Stadaibh ; tha cuideiginnan so. Fear is té a' tighinn mu'n cuairt an oisinn.

A' CHAILLEACH (*A' cur am mach a teangaiddh air a chùlaibh*)—Seadh ; breathnaich co th' ann ma tà.

MURCHADH—Có air bith a th' ann tha coltas gu math cǎirdeil orra. Tha iad a' tighinn le ceum gu math socrach, is iad a' sealltainn an aodainn a chéile gun stad, direach mar dheanainn fhìn nam bithinn le m' leannan (*E a' tionndadh ris a' Chailllich*).

A' CHAILLEACH—Seadh, lean ort. Bi cinnteach asad féin mu 'm fág thu so; is na bi 'g ràdh gun d' thug Catriona a' Bhàilair-dhuibh an car asad. Ciod e tuilleadh a nis ? An dean thu am mach co th' ann? (*I a' cur a teangaiddh am mach 's ag ràdh an guth beag*) : "Tha 'n innleachd ag oibreachadh gu math."

MURCHADH—Ma tà ; is e Fear Locha-sgàlain a th' ann, co-dhiùbh, a Chatriona.

A' CHAILLEACH—Seadh !

MURCHADH—Agus mur am bheil mo dheagh dhà shùil, nach do mheall riabh mi am frith nam fiadh, 'gam mhealladh an diugh—agus b' àill leam gum bitheadh—'s i Máiri a th' ann cuideachd.

A' CHAILLEACH—Seadh ; lean ort. Tha thu a' deanamh gasda.

MURCHADH—Is e a sròl 's a h-usgraichean a th' ann, co-dhiùbh. Dh' aithnichinn mile air falbh iad : agus cò air eile a bhitheadh iad ach air an té g' am buin iad !

A' CHAILLEACH—Seadh, ma tà !

MURCHADH (*A' tionndadh ris a' Chailllich*)—Chan 'eil dà theagamh nach i Máiri a th' ann, agus 's i !

A' CHAILLEACH—Seadh ! Is math leam gur e do bheul a thubhairt e, is do shùil a chunnaic e.

MURCHADH—Tha iad air achlaisean a chéile. Stadaibh ! Tha iad air suidhe. Tha a làmh mu a meadhon. Stadaibh ! Tha e a' toirt pòige bhuaipe, 's chan 'eil anns an diúltadh a th'

aice ach stad is bi rium'. Gu dearbh, a Chatriona, mur e suiridh tha 'n sud tha e glé choltach ris.

A' CHAILLEACH—Seadh, a nis! Ciod e their thu ris a sin?

MURCHADH—Ciod e is urrainn domh a radh, a Chatriona? Is gann a tha mi a' creidsinn mo shùl. Cha b' ionghnadh ged nach creidinn neach eile (*E ag èirigh a dh' fhalbh*). O, na mnathan; na mnathan! Nach beag math earbsa a chur anna! Nach duilich an tomhas air am banaileachd. Chan 'eil ach cleas a' chait orra: a' crònan far an seasgaire e. B' e Solamh an aon duine bu ghlice bha riamh air an t-saoghal; ach cha do thug e riamh na mnathan. Agus gu dearbh féin, b' ann dà bu choir a bhi eòlach orra: is iomadh té a bh' air a sheilbh fhéin diubh. Slàn leat, a Chatriona. Ma tha 'n dàn domhsa' gun ruig mi mo cheann-uidhe am measg nam beann cha bhi ach sgeul brònach agam r'a liubhairt do Thriath òg Rath-innis—'s tha mi am barail gu bheil a dheagh shàth de àmhghairean aige mar tha—Air choimheach 'na thir féin, mo thruaighe! Slàn leat, a Chatriona. Beannachd leat.

A' CHAILLEACH (*A' tuireadh, ma's fior*)—Slàn leatsa, a laochain, agus gun ruig thu gu sàbhailte. Is duilich leamsa mar dh' éirich am mach; ach chan 'eil ach sios is suas anns an t-saoghal, mar thonnan na fairge. Mo bheannachd leat, a rùin!

(*Falbhaidh Murchadh, is cuiridh a' Chailleach am mach a teanga air a chìl. Ni i gàire-magaidh, 's i a' beiceil 's a' cur char dith.*)

TUITIDH AM BRAT.

SEALLADH IV.

(*Uaimh 'sa bheinn. Sir Iain 's a laoich mu'n cuairt teine*).

SIR IAIN—Tha ionghnadh orm nach 'eil Murchadh a' tilleadh. Tha iomagain an déidh mo bhualadh gun deach a chur an sàs Tha stíleán ro bhiorach air na bealaich. Ach aon earbsa a tha mi cur as: is e nach bi e air a mhealladh no air a bhreugadh a chum ar brath le amhailtean Ghlinne-fraoich.

LAOCH I.—Chan 'eil càram air bith ormsa gu bheil cleas an fhithich a dh' fhàg an Airce air Murchadh. Is iomadh rud a dh' fhaodadh a chumail, far am bheil gach bealach air a fhreiceadan a là 's a dh' oidhche le luchd-faire cho geur-shuileach ris a' chailllich oidhche a shealgas an luch 'san iodhlainn air cho dorcha 's gum bi an oidhche. Cha b'e 'n sùgradh faotainn seachad orra.

SIR IAIN—Mur deach a chur an greim!

LAOCH II.—Chan 'eil càram de sin. Theirinn gu bheil an t-àm aige tilleadh gun teagamh; ach cha teid e sios agam gun deach a chur an sàs, 's e cho eòlach am measg nam beann ri

bridean 'san tràigh. Agus ged rachadh a chur an greim fèin, gum brathadh e sinne air greim no balgam cha chreid mi idir, idir e. (*Is e a' bualadh a bhois air a ghlùin.*)

LAOCH III.—Is beag fios a th' aig an shear a bhios air fuireach ciod e suidheachadh an shir a bhios air falbh. Agus creideadh sibhse gu bheil mairneal Mhurchaidh an taic r'a ghnothuch. Ach stadaibh! Uistibh! Tha ceum cuideiginn an so, no chan aithnich mi diosgan chuanan seach fuaim geugan nan craobh a' suathadh r'a chéile 'sa ghaoith. Nach dubhairt mi ribh! (*Murchadh a' teachd a steach.*) So Murchadh! Bha sinn direach a' bruidhinn ort is a' gabhail fadaidh dhiot. Tha sinn riaraichte gun d' fhuaire do bheò air ais (*Iad ag éirigh a dh' fhàilteachadh Mhurchaidh*); agus tha sinn an dòchas gum bi sinn a cheart cho toilichte le do sgeul. (*Suidhidh iad mun cuairt an teine. Na fir a' sealltainn air a chéile.*)

SIR IAIN—Tha mi toilichte gun do thill thu, Mhurchaidh; ach tha mi 'n dòchas nach 'eil mi a' leughadh do sgeòil an clàr t-aodainn mar a leughar an iarmait an uair a tha sion oirre. Ciod e 'n saighead a tha 'nad bholg dhomh? An e, mar a tha 'n ràdh, nach faod mi earbsa a chur an dilseachd mo leannain?

MURCHADH—Faodaidh: an seòrsa earbsa a chuirear anns a' chat an taic a' chléibh eisg.

SIR IAIN—An ann mar so a tha! Shàthainn mo bhiodag annad nam bithinn a' smaointinn gun cuireadh tu a' leithid an ire dhomh air m' ainnir le innseadh-sgeòil neach eile. Cò t' urrainn, a Mhurchaidh.

MURCHADH—An dà shùil ud am cheann fèin, le'r cead.

SIR IAIN—Seadh, a Mhurchaidh. Ciad e a chunnaic iad? Na ceil dad air cho searbh is gum bi e. Bheir a' cheud bhalgam de 'n chungaidh is géire an droch bhlas bhàrr nam balgam eile. Air an amhuil cheudna droch sgeul. Faodaidh tu taomadh am chluasan tuilleadh. Ciad e a chunnaic thu?

MURCHADH—Chunnaic mi Màiri Locha-Muighe is Fear Locha-sgàlan còmhla 'sa ghàradh mhòr is iad a' beaddradh mar shuirichean seachdain roimh 'n bhanais. Chunnaic mi iad a' sùgradh 's air muineal a chéile mar so (*E a' cur a làimhe mu'n cuairt muineil fear de na daoine.*). Chunnaic mi e a' cur a làimhe m'a muineal 's a toirt bhuaipe pòige mar so (*E a' pògadh fear de na fir, agus na fir eile a' gàireachdaich.*). Agus Màiri 'ga chasg anns an dòigh a chaisgeas nigheanag briodal an uair a bhios i a' sireadh tuilleadh briodail. Seadh; 'stad is bi rium'.

SIR IAIN—Seadh; ni sin an gnothuch, a Mhurchaidh. Cha ruig thu leas an còrr innseadh. Tha dearbhadh gu leòir anns na thubhairt thu. gu bheil gach fathunn a ràinig mi flor, ged bu duilich leam a chreidsinn. Ach an rud a bhios fad o 'n t-sùil bithidh e fada bho'n chridhe, mu'n dubhairt an seann radh e. Agus tha e glé choltach gun atharraich na mnathan am beachd a réir an suidheachaidh, mar a dh' atharracheas an tàrmachan a dhath a réir nan siontan. Ach an uair a chailleas

neach a chuid caillidh e cuideachd cuid de chairdean. Tha sluagh an t-saoghal mar chraobhan 'san doire :—

“ Nuair thig crannadh a' gheamhraidh
 Caillidh callduinn an duilleach,
 Ach tha ghailean as crainntidh'
 Mar an samhradh do 'n ghiuthas.”

Sin gu tric mar tha na cairdean an uair a thig àmhghairean 'nar rathad : cuid mar dhuilleach na callduinn, is cuid a leanas dlùth mar a leanas a dhath ris a' ghiuthas. B' fhior, a chuid-eachd, a' bhean fiosachd a thubhairt rium : “ Thoir an aire air Là Lùnasdale, agus bi 'nad fhaicill air fear agus ball dóbhrain air a ghruaidh chli.” Cha robh an teachd fada bho chéile, a chuideachd, agus is goirt an teachd (*Na fir ag éisdeachd le cinn chrom*). Tha 'n t-uallach trom, a chuideachd ; ach cha deach eallach air neach riamh nach d' fluair e druim g' a ghiùlan ; agus leis a' mhisneach a gheibh sinn bhuaidhe sin seallamaid air ar n-àmhghairean an clàr an aodainn, is teichidh iad mar theicheas an ceò bhàrr nan stùc an uair a thig grian an t-samhraidh am mach o chùl nan neul. (*Thig coigreach liath a steach.*) Ciod e 'n saighead a tha 'd bholg g' am ionnsaigh, fhir léith, allabanaich, an uair nach do mheataich faide na slighe no a gairbhe thu o liubhairt do sgeòil? Cluinneam, a charaid, fàth do thuruis gus an fhàrdaich so air an deanadh an sionnach tàir, ach leis am feum an diugh Fear Rath-innis 's a fhlaithean a bhi riaraichte.

AN COIGREACH (*Ceann-ruisgte*)—Chan aobhar beag a thug an so mi, le 'r cead, no gun gabhainn os laimh turus a tha os cionn an neirt a dh' fhag an aois am chom. Ach, a Shir Iain ! Rainig feachd Ghlinne-Fraoich 'ceann iochdrach an eilein, is tha iad a' toirt miobhaidh déisneach do 'n t sluagh. (*Na fir ag éisdeachd le dùrachd.*)

SIR IAIN—A' toirt miobhaidh do 'n t-sluagh !

AN COIGREACH—Tha tighean 'gan cur r'a theine ; mnathan is clann is seann daoine a' faotainn ana-cothroim.

SIR IAIN—Mnathan is clann is seann daoine a' fulang ana-cothroim ! ('S e a' crathadh a chinn.)

AN COIGREACH (*Na fir ag éirigh 'nan seasamh am feirg*)—Tha 'n sreud 'gan iomain air falbh, is casan a' chruidh 'gan gearradh aig na speirean an uair dhiùltas iad siubhal. Tha 'n ceann-duthcha gun dion ; an Geamhradh a' tighinn ; is thàinig mi a chur na cùise mu 'r coinne feuch ciod e a ghabhadh deanadh a thoirt fois do 'n t-sluagh.

NA FIR—Och ; och ; och ô !

SIR IAIN—O ! nach b' i an sgeul i, a chuideachd ! Nach ann air Rath-innis a thàinig an latha ! Tighean 'gan cur r'a theine ! Sreud 'gan iomain ! Mnathan le 'n cloinn air am broillichean a' fulang ana-cothroim ! Agus gach dòruinn diubh sin air tighinn an rathad mo shluaigh a chum agus gun cumteadh teine

'ga shadadh air mo theintean-sa. A chuideachd, sheas sibh féin 's ur daoine gu dàn duineil as leth mo chòir dhliglich-sa ; ach seach gum fuingeadh bhur cuideachd is bhur clann aon uair eile an uaireadair air mo thailleamh-sa bheir mi suas—agus bheir mi suas air ball. (*Na fir ri trioblaid.*) Bhuaidhe so am mach tha bhur saorsa agaibh a chum tighinn gu còrdadh ri Fear Ghlinne-fraoich.

NA FIR—O, mise, mise an diugh !

FEAR—An d' thainig i mar so, mu dheireadh !

SIR IAIN—Sud mar a tha, a chairdean ; agus thig ormsa duslach Rath-innis, oighreachd m' athraichean, a chrathadh bhàrr mo chas an dà latha so ; no math dh' fhaoidteadh gu bràth !

NA FIR—Och ; och ; och !

SIR IAIN—Ach tha mo cheann is m' amhach air am maoidh-eadh orm. Tha 'n tòir as mo dhéidh. Tha gach bealach air a fhreiceadan , agus leanaidh triùir agaibh rium gus am faigh mi sàbhailte as mo dhùthaich.

FEAR (*A' deanamh umhlachd*)—A Thriath Rath-innis, theid mise leibh an còir no an eucoir.

FEAR EILE—Agus mise, a Shir Iain !

FEAR III.—Leanaidh mise ribh gu iomall an domhain.

(*Na fir air fad a' togail an làmh agus a' glaodhaich : "Mise ; mise ; mise, a Shir Iain."*)

SIR IAIN—Tapadh leibh ! Ach taghaidh mi 'n triùir as lugha uallach : Murchadh is Teàrlach an Achaidh agus Seumas an Uillt. Tillidh an còrr agaibh dachaидh, agus deanaibh an còrdadh as feàrr as urrainn sibh ri Fear Ghlinne Fraoich as leth bhur teaghlaichean 's bhur dachaيدhean. (*Na fir ri bròn.*) Bhuaidhe so am mach tha bhur sean cheann-feadhna 'na fhòg-arrach. Cha diùltainn dol an còmhdhail mo nàmhaid am feadh 'sa thigeadh e gu duineil fearail, broilleach ri broilleach ; ach thug e beum ro ghoirt taobh cuil mo chinn, is cha nàir domh géilleadh. Cha téid, a chuideachd, bhur sean Cheann-feadhna air bhur ceann, math dh' fhaoidteadh, gu bràth tuilleadh. Tha 'n latha air deanamh, agus bithidh sinn air ball a' dealachadh. Sgriobhaيدh mi litir a bheir fear agaibh gu Mairi Loch-Muighe. (*Sir Iain a' sgriobhadh air a ghluín. Na fir ri bron.*)

FEAR—Tha an càs cruidh, gu dearbh, an uair a tha ar ceann-feadhna dligheach 'na fhògarrach, 's gum feum sinn sleuchdadh do choigreach gun iochd gun truas.. Chan sheadh sinn an seasamh duineil a rinn sinn an aghaidh Ghlinne-fraoich ; ach ni sinn a' chuid as feàrr de 'n chuid as miosa, agus, a chuideachd, cha di-chuimhnich sinn Fear Rath-innis.

NA FIR—Cha di-chuimhnich ! Cha di-chuimhnich ! gu ma slàn e !

AM FEAR (*A' leantainn*)—Cha di-chuimhnich gu bràth ; agus ged nach tog Rath-innis an dà bhàrr paighidh a shluagh dileas

an dà mhàl gus math dh' fhaoideadh an tig an là am bi Sir Iain 'na fhàrdaich féin a rithis (*Na fir le iolach : “Pàighidh ; páighidh ! Ho ré ! Suas i !”*) 'nuair a bheir ceart buaidh air neart. (*Togaidh na fir iolach eile.*)

SIR IAIN (*A' toirt litreach do shear*)—So dhuit, Eoghainn. Liubhair an litir so do Mhairi Locha-Muighe. Agus, a chuideachd, bithidh sinn a nis a' dealachadh. Slan leibh uile ! Soraidh le dùthaich mo ghaoil 's mo dhaoine ! Mo bheannachd leibh. (*E a' breith air laimh air gach fear*). Mo bheannachd 'nur cuideachd uile. (*Na fir ri bròn.*)

FEAR—O, nach leig sibh mise leibh cuideachd !

FEAR EILE—Agus mise, a Shir Iain ; is gun rachainn troimh h-uile cunnart leibh ; gu bàs ma's sheudar e.

AN TREAS FEAR—Agus mise.

NA FIR AIR FAD (*An làmhan an togail*)—Agus mise, mise, mise !

SIR IAIN—Tha fios agam gur e bhur dùrachd a bhi 'nam chuideachd ; ach, a chairdean, cha fhreagair e. Feumaidh mo chuideachd a bhi beag sgiobalta. Slàn leibh uile ! Slàn ; slàn ! (*Na fir ri bròn.*)

TUITIDH AM BRAT.

SEALLADH V.

(*An ceann seachdain eile. Tigh Móir Fhigheadair.*)

(*Sir Iain 's a chompanaich*).

SIR IAIN (*am breug-riochd*)—Tha Fear Rath-innis air aoigh-eachd agad a Mhór, agus tha mi glé chinnteach gur e do dhùrachd gum b'ann an suidheachadh a b' fhèarr.

MOR (*A' caoineadh*)—Cha ruig sibh leas teagamh a chur an sin, a Shir Iain. Nach duilich leamsa sibh a bhi air aoigheachd agamsa an nochd, a chionn nam biodh a' chòir mar a chumar i, cha b' i bothag Móir Fhigheadair 's an cuireadh Triath Rath-innis seachad an oidhche so.

SIR IAIN—Nach 'eil sin a' leigeil fhaicinn cho ciogailteach 's a tha 'n càisteal uaibhreach air gob rudha seach a' bhothag iriosal an taic a' chnoic. Nach sona dhuit a Mhór, a bhi an nochd ag éisdeachd ri crònan cadalach na cuibhle seach a bhi mar tha mise 'gam ruagadh bho thom gu tom. Tha mi nis toilichte gun d' fhuair sinn am fad so, agus gu bheil dòchas ag-ainn, mur a téid dragh a chur an nochd oirnn, gum bi mi am màireach gu teàruinte air druim a' chuain.

MURCHADH—Seall am mach, a Sheumais, feuch ciod e tha dol. (*Théid Seumas am mach.*)

MOR—Is mór an cràdh a th' air mo chridhe gum feumar a bhi faire nan dorsan a ghleidheadh teàruinteachd dhuibh. An

uair a chuala mi sgeul a' bhròin chuir mi rannan r'a chéile
anns an do thaom mi am mach faireachduinnean mo chléibh is
m' aigne. Thubhairt mi mar so—

SEUMAS (*A' tighinn a steach*)—Uist, uist! Tha 'n tigh air a
chuartachadh. (*Sir Iain's na fir ag eirigh an cabhaig.*)

SEUMAS (*A' leantainn*)—Socair; Socair! Chan 'eil dol as
againn. Gabhamaid oirnn nach 'eil annainn ach luchd-céilidh.
Bidh iad a steach an ceartair.

MOR—Stadadh sibhse. Ni mise innleachd. So! Gabhadh
iad sud, agus cuiridh e greis gu fois iad. (*Cuiridh Mòr botul
is còrn an àite follaiseach.*)

MOR (*A' snìomh 's a' seinn a chum na bha am muigh ag
éisdeachd a chur as an umhail*).

ORAN.

GLEUS F. SEIS.

{ | r : - . m | l : - | d : r. d | l, : - | r : - . m | r : - | l : d | r | : - |
{ | Hithill ó, ho robha hó; | Hithill ó ho bha hó; }

{ | d | s | l : - | l, : s. d | r : - | r : - . m | l : - | d : r. d | l, : l | : - |
{ | Hithill ó, ho robha hó; | Hithill hó na horo eile. }

RANN.

{ | s : - l | d : d | m : - . r | d : l, | s : - l | d : d | l : - | l. s : - |
{ | 'S truagh an sgeul a tha r'a h-innseadh; | 'S mórmomhighean | 'ga h-aithris }

{ | d | d | : - l | s. m : - | r : - . r | d : r | m : - . r | d : - | l, : d | r. r : - |
{ | Gu bheil Sir Iain | 'na dhiobrach, | 'S e gun nì no gun fhearann. }

Gu bheil Sir Iain 'na dhiobrach,
'S e gun ni no gun fhearann;
'S nach faic sinn, theagamh, gu bràth e
Air a' chàradh bu mhath leinn.
Hithill o, ho robha hò, etc.

(Aithrisear gach leth roinn mar a tha e an so shuas.)

Mar fhior urradh nan àrmunn
Anns gach ait' am bi flaithean.

No am frithean nan ard-bheann
Far am bi àl an fhir-chabraig.

Cha chluinnear tuilleadh do làmhach,
'S cha mhò thàirneas tu taifeid.

Far an tric an deach do ruagair
Thoirt an ruadh-bhùic gu talamh.

'S am biodh iteag an fhior-eoin.
Cumail dìreach do shaigheid.

Nuair dh' fhalbhadh h-aon seach a chéile,
Cha bhiodh feum air an ath fhearr.

'N ám do 'n damh bhi 'sa bhùireadh
Bu mhór do shunnd dol ri bealach.

'S cha do chaogadh riamh sùil leat
Nach readh an cunntas an tainead.

Ochan, fheara, 's a dhaoine,
Nach e 'n saoghal chuir an car dheth!

'N diugh gun tom ann no fàrdach
'M bheil e sàbhaitt da cadal.

Och, fhir a shiolaich o uaislean,
Duit bu dual a bhi smachdail.

'S bochd an diugh thu 'nad fhògrach,
'S tu gun choir air do Chaistéal.

Far am biodh tu mar thòiseach
Cur an òrdugh do ghaisgeach.

'S bochd an sgeul tha r'a h-innseadh;
'S mòr mo mhighean 'g a h-aithris.

(*Brisidh an luchd-tòrach a steach; Fear Locha-sgalain,*
air an ceann.)

FEAR LOCHA-SGALAIN—'S binn do ghuth, a bhean; agus is brònach a théid fonn do chumha an co-sheirmi ri crònan na cuibhle. Chan 'eil fhios am bheil ar n-iarrtas-ne am measg nan diùnlach so. Thugaibh an aire, fheara! Gach cuil dùinte! Gach claidheamh rùisgte! Deas!

(*Seasaidh na fir le 'n claidheamhnan tarruingte.*)

MOR—Chan 'eil annta so ach luchd-céilidh, le 'r cead. Nach annamh gun chuideachd an taillear, an greusaiche 's am figh-eadair.

FEAR LOCHA-SGALAIN (*A' sealltainn air feedh an luchd-céilidh*)—Glé cheart, a bhean; ach togaidh sinn ar barail diubh. Cha tus e, co-dhiùbh. Tha adhaircean na cois-chruim 's a' chaibe air do bhasan. Agus thus 'ille, as docha gur e dòirneag an ràimh a chuir do làmhan-sa a bhi cho cruaidh; agus tha faileadh an t-sàile 's nan trosg à Caol Rath-innis as t' aodach.

Thus, a bhrogaich ; cha tus e na 's mò. Tha craiceann garbh do sglapaidh na 's coltaiche ri fear a bhiodh a' sniomh siomain na cleasachd le claidheamh. Agus thusa 'ill òig ! Dh' fhaodadh làmhan tailleir a bhi cho mìn ri d' làmhan ; ach a dh' aind-eoin irisleachd do sgeadachaidh, tha t' iomhaigh għlan uaibh-reach a' nochadh na fala uasail a tha ad chuislean : ce b' e air bith a'chraobh-ghineal o'n d' thainig i 'nad rathad. Togaidh sinn barail mu 'n dealaich sinn ; ach, an dràsd, ḥlaidh sinn air a chéile feuch ciod e għrūdaireachd mhath a ni bean an tigie.

(*E a' glacadh a' bhotuil, is Mór a' caogadh r'a cuideachd féin. Cuideachd Locha-sgalain ag ol air a chéile.*)

FEAR LOCHA-SGALAIN (*A' leantainn*)—Toiseach dibhe do na mnathan is deireadh a' bhùirn-ionnlaid. So, a bhean an tighe, deoch de d' għrūdadħ féin.

MOR—Gabhaibh mo leisgeul, a dhuin-uasail ; bha e againn air fad o ehionn tacain. Gabhadh sibhse deur de na th' ann. 'S e bhur beatha e.

FEAR LOCHA-SGALAIN—Tapadh leibh, a bhean. So dhuibh, fheara. Tha sinn feumail air fad.

NA FIR (*Mu seach*)—Sláinte !

FEAR LOCHA-SGALAIN—Còrn eile ! Suas i !

NA FIR—Suas i ; suas i !

FEAR LOCHA-SGALAIN (*A' suidhe*)—Tha sinn 'nur comaine, a bhean, a thaobh bhur fialachd ; agus sinn cho feumail aig an ám. Tha sinn air allaban a latha 's dh' oidhche feuch an lorgaich sinn càrn an t-sionnaich ; agus tha sinn an dòchas gum bi a cheann no earball againn gun dàil.

(*Am feadh a bhios e a' bruidhinn bithidh Mór 's a cuideachd féin a' deanamh fealla-dhà de na coigrich.*)

Tha amharus tròm agam air a' ghill' òg ; ach—(*E tuiteam 'na chadal*).

MURCHADH (*Aig an aon am*)—Tha fear de na cromain an déidh a cheann a chur fo sgeith.

FEAR LOCHA-SGALAIN—Chi sinn 'sa mhaduinn. Chi sinn 'sa mhaduinn co—(*Togaidh e a cheann*).

MOR (*Aig an aon am*)—Tha gliug a' għuir a' tighinn 's an duine mhór féin a nis.

FEAR LOCHA-SGALAIN (*A' leantainn*)—O, mise ! Tha làn an tighe a stigh. Cha robh ach triu ir an toiseach ann. Ach tha mu cheud a nis ann.

(*Tuitidh na fir eile 'nan cadal. Srannad aca.*)

MOR—So ! Tha 'n Fhéinn 'na cadal. Chan fhada gus am falbh Fionn féin.

FEAR LOCHA-SGALAIN—Tha sinn air ar brath. Tha sinn an sàs. (*Tuitidh e 'na chadal le srannad.*)

MURCHADH—Slàn leat, 'ille, air do thurus gu rioghachd na suain.

SIR IAIN—Agus tha cho math dhuinne bhi as mun till e.

MOR—So! Rinn luibhean a' Bhlàir-Mhòir an gnothuch orra. Cuiridh mi so as an rathad a nis, agus théid am fear so 'na àite; agus biodh agaibh-sa deoch an doruis mu'm falbh sibh.

(*I a' sineadh botail do Mhurchadh*).

MURCHADH—Toiseach dibhe do na mnathan, ma tà, mu'n dubhaint ar caraid e. (*E a' sealltainn air*). O, nach reamhar a shrannd! So, a Mhór.

MOR—Air bhur slàinte air fad; agus guidheam sàbhailte gu ceann 'ur slighe sibh (*I a' breith air laimh air gach fear*). Tha mo dheagh dhùrachd 'nur cuideachd (*I a' caoineadh*). C' aite 's am bith am bì sibh. Slàinte!

MURCHADH—Suas e; suas e! A mhàs os a chionn!

MOR—O, chiall, cha ghabh mi 'n corr. Gabhaibh mo leisgeul.

SIR IAIN (*An còrn 'na laimh*)—Air bhur slàinte, a chuideachd. Tha mi 'n dòchas gun coinnich sinn fathast an suidheachadh na's feàrr. Air do shlàinte, a Mhór! Slàinte air fad.

A' CHUIDEACHD—Slàinte!

MOR—Slàinte is fallaineachd!

TEARLACH—Air bhur slàinte air fad! A Mhór! A Shir Iain! A Mhurchaidh! A Sheumais!

A' CHUIDEACHD—Slàinte!

SEUMAS—As do dhéidh, a Mhurchaidh!

MURCHADH—So, a bhalaich! Suas i!

SEUMAS—Slàinte air fad!

A' CHUIDEACHD—Slàinte!

MURCHADH—So, mi fhéin, ma tà.

" Air bhur slàinte bho bhalla gu balla,
 'S bho na sparran gu ùrlar;
 'S mo chion ort, a Mhór nighean Chaluim :
 Tha thu barraicht' mar ghrùdair.

Le d' eolas air gach luibh 'sa mhachair,
 Rinn thu deoch-chadail tha sùghmhor,
 'S gheibh sinn sàbhailt' á baile
 Mun dean na madaidh so dùsgadh."

A' CHUIDEACHD—Ho ré! Suas i! Slàinte Mhór agadsa!

MOR (*A' gàireachdaich*)—Is math gu bheil "cadal na Féinne" air na lasganaich so. Ach gun chiatamh ort a Mhurchaidh, nach deas do theanga dhuit. Ha hà!

SIR IAIN—Tha cho math dhuinn, a nis a bhi falbh. Ach feuchaidh mi 'n toiseach am bheil firinn an sgeul na sgine.

(Bheir e 'n sgian a bhàrr Locha-sgalain.) Is dòigh gu bheil. Mo dheagh sgian-dubh féin a dh' fhag mi mar chuimhneachan aig Mairi. Ach biodh i sud 'na h-àite agus bithidh greis mu'n aithních thu 'n t-atharrachadh. Slàn leat, Fhir Locha-sgalain, agus dùsgadh togarrach dhuit. Beannachd leat, a Mhór, is cha di-chuimhnich sinne do choibhneas.

MOR (*A' tuireadh*)—O, beannachd leibh féin; agus nach goirt leam siol nan armunn a bha mo dhaoine rianih 'nam méinn is 'nan luib a bhi 'na fhogarrach is a' toirt a chùil r'a dhuthaich féin. Mo bheannachd leibh, a Thriath Rath-innis. Agus gun cluinn mi sgeul shàbhailt oirbh agus tilleadh sona fathast. Mo bheannachd leibh. (*I a' pògadh a laimhe.*)

SIR IAIN—Tapadh leibh, a Mhór.

MOR (*A' leantainn*)—Beannachd leat, a Mhurchaidh, a Sheumais, a Thearlaich. O, mo bheannachd 's mo dhurachd leibh air fad. (*Falbhaidh iad.*)

MOR (*A' suidhe agus a' cur a h-aodainn 'na basan 'sa tuireadh*)—O mo chreach léireadh! Nach ann air Rath-innis a thainig an latha! A thriath air fògradh! Coigrich 'na ghlinn! 'S a shluagh fo smàig! Och is och! Ach chan 'eil feum a bhi gearan. (*Suidhidh i aig a' chuibhil a' snìomh 'sa triotan air òran. Dùisgidh na fir.*)

FEAR LOCHA-SGALAIN (*A' fàsgadh a shùl*)—C'ait' am bheil sinn? C'uin a thainig sinn an so? (*E ag éirigh 'na shuidhe. 'S na fir eile 'nan suidhe air an ùrlar a' fàsgadh an sùl 's a' mèananaich.*) O, tha cuimhn' agam a nis. C' àite bheil na daoine bha 'n so an la roimhe? Stad. C'uin so bh' ann? (*An guth beag.*) Bha na ceudan a steach. An d' fhalbh iad, a bhean? Am bheil sinn an sàs? (*E a' sealltainn mu'n cuairt an geilt.*) Am bheil sibh beo, fheara? Ciod e tha dol a dh' éirigh dhuinn? Tha mo cheann 'na bhróchan.

MOR (*An guth beag*)—Uist; uist! Bithibh sàmhach. Bidh iad sud air an ais an ceartair. Leig iad leibh cadal gu latha; ach bithibh as cho luath 's a rinn sibh riabh no bidh sibh an greim. Bha tearnadh caol cheana agaibh, agus tha feum agaibh mise bhi cha seòlta.

FEAR LOCHA-SGALAIN—Mach sibh, fheara! Uist; uist; sàmhach! Tha sinn an cunnart. Mach air bhur socair sibh. Uist; uist!

MOR (*An guth beag*)—Beannachd leibh-sa. Thugaibh an aire dhuibh féin. Chan 'eil iad sud fad as. (*Falbhaidh iad.*) Air falbh sibh, 's beannachd Chaluim Ghobha dhuibh, 's mo thogar ged nach till sibh. (*I a' gàireachdaich 's a' bualach a bas.*) So! Nach iad mo shaighdeirean iad! Ha, ha, hè! Nach e an gille luibh na móintich. Cha robh e fada a' cur sgaoim an suilean nam balgairean ud. Chan 'eil aca a nis ach a bhi a' dol mu'n cuairt na dùthcha gus an ám so am màireach coltach ri othaisg 'sam biodh suisdean. Ha, hè! Nach iad a bhios ag itheadh an corrag an uair thig iad chuca féin—'s an t-sealg air

dol as orra ! Ha, ha, hè ! M' eudail thu séin, a Mhór nighean Chaluim (*I a' suidhe*). Cò a theireadh gun robh uiread, 'ad cheann liath ! Ha, ha, hè !

TUITIDH AM BRAT.

SEALLADH VI.

(*An ceann bliadhna. An Crùn air maitheanas a thoirt do Shir Iain, agus e air ais 'na Chaisteal.*)

(*Sèomar an Caisteal Locha-Muighe.
Mairi is Mórug an láthair.*)

MAIRI (*Litir 'na laimh*)—O, 's iomadh latha a ghon thu mi a chionn bliadhna (*I a' sealltainn air an litir*), is gun fhios c'arson a chuir e a leithid de shàthaidhean goirt air do chlàr. Falbhaidh fuaim nam falcal agus di-chuimhnichear i; ach leanaidh an rud a theid a chur an sgrìobhadh, agus tha e a' gonadh an neach do'n do liùbhradh e, iomadh latha an déidh do 'n aon a thilg an t-saighead aithreachas a ghabhail gun do thilgeadh riamh e. Ach tha saighdean goirt an so :—

“ Cha robh mi dileas.”

Chan 'eil fios ciamar.

“ Bhris mi mo ghealladh.”

Chan 'eil fios ciod e 'n dòigh.

“ Dhealaich mi ris a' chuimhneachan a dh' fhág e agam.” O, nach b'e an tuaileas e da rìreadh ! Agus a chuimhneachan an sin fathast (*I a' laimhseachadh na sgìne*) gun uiread agus a' mheirg a shuathadh dhith, seach làrach a bhilean leis an do phòg e i a shuathadh air falbh, cuideachd. Is tric a dh' èireas claon-sgeul air neach glé neo-chiontach, eadhon mar a chinneas luibhean coimheach anns an achadh choirce bho na frasan meanbh a bha am measg an t-sil gun fhios do 'n airean. Is tric gur h-ann ris a' chlaon-sgeul a dh' eisdeas a' chluas, is gur h-ann air an luibh choimhich a leigear an t-sùil; ach gus an tig abachadh an fhogharaidh; an sin bàsaichidh iad air falbh mar thàinig iad. Air an amhuil cheudna an claon-sgeul. Thigeadh Sir Iain far am bheil mi agus, le sealladh air a sgithinn féin, bàsaichidh an claon-sgeul. Tha fadal orm, a Mhórag, gus am faic mi e. Shaoilinn nach biodh Dòmhnull fada tuilleadh leis an dara fios—thig no cha tig.

MORAG (*A' figheadh stocainn*)—Cha chòir gum bi e fada. Ach tha leòir r'a dheanamh aige a bhi air ais fathast. Cha

dhroch chomharra leam idir e bhi fadalach. (*Thig gnog do 'n dorus. Thig Dòmhnull a steach.*) Tha cuideiginn an so. Thig a steach, a Dhòmhnuill.

MAIRI—Seadh, a Dhòmhnuill! Thill thu, agus is ann agam tha 'm farmad ri do dha shùil a thaobh na chunnaic iad an diugh An do leugh Sir Iain an litir?

DOMHNUL (Gu socrach)—Leugh, le 'r cead.

MAIRI—An e “leugh 's cha do leugh” a tha thu a' ciallachadh? An do chuir e gu suarachas i? Ciod e an craiceann 'san robh e, a Dhòmhnuill, an uair tha thu cho mall ain-deònach 'nad sheanchas? Na h-abair rium gun robh e fuar 'na ghiùlan, no reodhaidh t' shacail an fhuil am chridhe.

DOMHNUL—Cha robh e fuar no teth, le 'r cead, a righinn.

MAIRI—Cha robh e fuar no teth. Cha mhath an sgeul e, ma tà, e bhi meagh bhìdh.

DOMHNUL—Ach bha e mar gum biodh e nothaisteil le ionghnadh.

MAIRI—“Le ionghnadh” an dubhaint thu, a Dhomhnuill? Ciod i an oidheam a thug thu féin as an sin, bho 'n a chunnaic tu a ghnùis?

DOMHNUL—Leugh e 'n litir thairis is thairis; agus an dràsd 'sa rithis, am feadh a bha e leughadh, stadadh e is shealladh e air fhiaradh 'sa ghrunnd an trom, trom smaintinn 's ag rádh: “fior,” “brath,” “naimhdean” ris féin. Dh' aithnichinn na facail air cumadh a bhilean. An sin tharruingeadh e osann is shealladh e air an litir a rithis.

MAIRI—Seadh. Tharruingeadh e osann.

DOMHNUL—Tharruingeadh; is chromadh e ris an t-solus mar nach biodh e a' creidsinn a shùl.

MAIRI—Bha 'n litir a' drùghadh air?

DOMHNUL—Bha. Is an uair a shealladh e le ceann crom air fhiaradh ris an talamh, bha e mar gum biodh teagamh air choir-eigin air togail ann. Leth dusan uair sheall e air an litir; agus mar gum biodh eallach air togail dheth thigeadh fiamh g'àire air.

MAIRI—An tigeadh da-rìreadh, a Dhòmhnuill?

DOMHNUL—Thigeadh. Agus aon uair chunnaic mi a bhilean a' gluasad mar gum biodh e ag rádh: “Mairi bhochd.”

MAIRI (Le aoibh)—Am 'bheil thu ag rádh, a Dhomhnuill?

DOMHNUL (A' leantainn)—An sin shealladh e air an sgian-dubh a bha air a chruachainn agus thuiteadh sprochd air aodann—

MAIRI (Aig an aon ám)—O, an sgian-dubh; an sgian-dubh! Thug an sgian-dubh na chual e 'na chuimhne!

DOMHNUL (A' leantainn)—Agus bha a ghnuis mar sin ag atharrachadh bho aoibh gu sprochd mar a chì sibh na h-achaidhean 's an fhoghar an uair a bhios a' ghaoth an ear a' cur nan neul sgleòdach thairis air a' ghréin.

MAIRI (*Air a h-ais 's air a h-aghaidh*)—O, a chuideachd ; a chuideachd ! Nach e a' bhreug-sgeul a thug an t-atharrachadh air Fear Rath-innis g'am thaobh-sa ! Cha tig atharrachadh na 's mò air an doire an uair a bheir an Geamhradh sgeadachadh an t-Samhraidh bhàrr nan craobh 's a nochdas an glugan loma far an d' rinn an druid brònach a nead fo sgàil na duillich. An do chuir e fios idir leat, a Dhòmhnuill. An i a ghnùis a mhàin a labhar an àite a bheoil ?

DOMHNALL—Ma tà, chuir e fios beag leam.

MAIRI—O, ciod e thubhairt e ? An sgolb e a' thoirt tuilleadh leònaidh dhomh ? No olla chùbhraidh a leigheas nan leòn a tha cheana am aigne. Seadh, a Dhòmhnuill ?

DOMHNALL—Thubhairt e gum biodh e an Locha-Muighe cho luath 's a bheireadh ceithir chasan eich ann e.

MAIRI—O, a Dhòmhnuill, an dubhaint e sin ? C' uime nach d' innis thu sin domh an toiseach is bhiodh e mar mhàilleach air m' uchd, agus cha deanadh gach facial eile a liubhair thu dhomh ach tuiteam air an lär an déidh gliong a thoirt orm, an aite mo leòn. O ; agus tha e a' tighinn ! Agus cho luath 's a ghiùlaineas ceithir chasan crùidheach com an eich air am marcaich e ! Innsidh a' chabhag dùrachd a' mharcaiche ; agus chan ann mar gum biodh fear le shlataig féin is each duin' eile a thigeadh Sir Iain Rath-innis a dh' fhaicinn Mairi Locha-Muighe gun mòran bhi aige mu coinneamh. O, gu ma min. réidh dha an rathad as gairbhe, gu ma dìreach gach lùb is gu ma còmhnard gach bruthach cas. Tha fios agam gu bheil e cheana air an t-sligte, agus an rathad a' ruith seachad fo chasan a steuda cho luath ris a' chrios eadar roth mòr na cuibhle 's a' chir. Agus O, nach uaibhreach sin a dh' fhaodas an steud a bhi an uair a tha Sir Iain Rath-innis an diollaid air a dhruim. Tha cuideiginn an so.

Thig gnog do 'n dorus. Thig Sir Iain is Fear Locha-Muighe is Murchadh a steach. Cuiridh Sir Iain fàilte air Mairi.)

SIR IAIN (*Gu faitcheach*)—A Mhairi ! Aon uair eile !

MAIRI—Iain ! Nach bu mhàirnealach an uair air an t-sligte !

SIR IAIN—Tha fios agam, a Mhairi, gu bheil mi air mo mhealladh gu mòr—

MAIRI—Ma tha thus umamsa, tha mise umadsa, Iain. Ach gabhaidh mi do leisgeul. An uair a chailleas am maraiche a' ghrian, is e air druim a' chuain, caillidh e a rian-iùil. 's cha bhi fios aige ciod e 'n taobh a théid e. Ach an uair a dh' fhàlbhas an ceo chi e gu bheil a' ghrian far am bu chòir dith a bhi, agus le rian-tomhais gheibh e a shlighe a rithis. Sin, Iain, mar a dh' éirich dhuit-sa ; chaill thu a' ghrian ann an ceo, agus chuir sruithean an tuailis air seachran thu. So, a ghaoil, mo chomh-arrà gun deach thu air seachran : do litir a dh' fhàg mo ghruidh cho tana agus mo bhròn cho trom o chionn bliadhna. Ghléidh

mi mo ghlealladh dhuit, agus ma tha soillearachadh a dhith ort air aon ni—aon ni—a tha thu a' cur as mo leth, ciod e 'n t-àm no an t-aite as feàrr nan làrach air am bheil sinn, an lùchaint m' athar, agus 'na fhianuis.

FEAR LOCHA-MUIGHE—Ghleidh thu do ghealladh, a Mhàiri, agus an aghaidh mo thoil-sa, ged nach b' ann'a' sealltann sios air Sir Iain a bha mi, ach air an t-suidheachadh 's an robh e. Cha d' thug mi ach comhairle mar bheireadh athair sam bith air nighinn anns an t-suidheachadh a bh' ann.

SIR IAIN—B' àill leam, a Mhairi, na Rath-innis is na bheil air uachdar an déidh am fiachan a thuigsinn an uair a chaill mi iad, nach biodh aon fhacal de na chuala mi fior—

MAIRI—Chan 'eil aon fhacal, Iain, ged is beag aon fhacal—no tha e an ainfhios dhomhsa; is an rud a tha 'n ainfhios do neach cha tagrar m'a dhéidhinn e.

SIR IAIN—Ach ciod e 'n tàtadh a bha toirt Fear Locha-sgàlain mu'n cuairt idir?

MAIRI—Bha 'n tàtadh a bheir an croman mu'n cuairt tigh-nan-cearc, agus an sionnach gu crò nan uan, agus an fhàilte air an airidh iadsan roimhe-san, cuideachd, air son mo chuid-sa dheth.

FEAR LOCHA-MUIGHE—Ach gun robh mis a' toirt beagan misnich da air sgàth na thubhaint mi! Agus is duilich, duilich leam an diugh e. Bhiodh e na 'b fhasa a' chluis a réiteachadh an diugh nan do sheall mise romham an uair ud an àite bhi a' sealltann as mo dhéidh a nis. Bha tearuinteachd Locha-Muighe a' tighinn fo m'aire anns an ruith a bh' ann cuideachd.

SIR IAIN—Glé mhath agus nàdurra; ach "tha rathad làmh ris an rathad mhòr," mu'n dubhaint an seansfhacal e; agus ciod e 'n t-ionghnadh ged a ghabhainn gu h-olc e, an uair a chuala mi cho briodalach 's a bha thu féin, aon la co-dhiùbh, mar chunn-aic Murchadh sibh anns a' ghàradh?

MAIRI is Mòrag (*Còmhla*)—O, O, O!

MAIRI ('S i a' crathadh a cinn)—Cha robh riamh—riamh. Cha do choc làmh mhór an uaireadair ris a' mhionaid, no idir an làmh bheag ris an uair air an do thachair sin riamh—

SIR IAIN—A Mhurchaidh!

MORAG—Socair; socair! Cuiridh mise soillearachadh air a sin. Is mise a chunnaic Murchadh. Is ann, a nis, a tha mi a' tuigsinn tratan Catriona na fiosachd. Thàinig i an so aon latha agus thubhaint i gun do chuir i draoidheachd air Fear Locha-sgàlain. Bha 'n rìghinn a' cur cùil cho buileach ris agus esan cho diorrasach. Thubhaint i: nan cuirinn-sa orm a h-aodach 'sa h-usgraichean, is dol sràid do 'n ghàradh leis gun saoileadh esan gum bi 'n rìghinn a bhiodh ann agus gun deanadh sin toilicht' e.

(*Thig a' Chailleach a' snàgan a steach a' beiceadh 's a' dol mu'n cuairt air an ûrlar air cùl chàich. Am feadh a tha Mòrag*

a' bruidhinn, bithidh Murchadh le toileachadh ag iomairt air a culaibh is ga clàpadh an drasd 's a rithis.)

SIR IAIN—Am faodadh sud a bhi, a Mhurchaidh?

MURCHADH—Dh' fhaodadh, le 'r cead. Agus air cho geur 's gu bheil mo shùil, tha mi a' tuigsinn a nis gun robh e ann. 'S i cailleach na fiosachd a dh' innis dòmhhsa gum faicinn còmhla 'sa ghàradh iad mu ám eadraidh far am bu tric am bitheadh iad a' leannanachd. Dh' innis i dhomh eadhon an t-àite a b' fheárr bho 'm faighinn sealladh orra. B'e sin bho chùl na creige glaise an taobh a' chnoic. Agus thàinig beul na firinn fhéin leam mar fhianuis.

A' CHAILLEACH—Cuiridh mise soillearachadh air a sin. (*I a' dol mu'n cuairt.*) Is e Fear Locha-sgàlain a chuir an innleachd am cheann—an éirig deagh dhuais.

MURCHADH (*A leth-taobh*)—Bha rud r'a dheanamh aige, is gu leòir ann mar tha.

A CHAILLEACH (*A' leantainn*)—A chionn gun robh fios aige gun robh fear-brath aig Fear Rath-innis air na crìochan. Bha toil aige a chur an ire gum b' i Mórag Mairi, a chum agus gun cuireadh sin eadar Mairi Locha-Muighe agus Sir Iain Rath-innis. Sin agaibh mo chuid-sa dheth. (*I a' dol mu'n cuairt 's a' deanamh chearcall leis a' bhata.*)

MURCHADH—Is mo chuid-sa.

MORAG—Is mo chuid-sa.

MAIRI—Agus mo chuid neo-chiontach-sa, cuideachd, Iain. Agus an dearbhadh as feàrr air fad: Sin agad e. (*I a' toirt na sgine dha*): an sgian-dubh a thug thu dhomh mar chuimhneachan, agus ris nach do dhealaich mi riabh ged chual thu atharrachadh.

SIR IAIN (*A' sealltainn air an sgithinn*)—Gabhaidh mi ris a so mar a' chiont a tha an ainfhios duit, agus a thaobh nach tagair mi thu. Sin agad, a Mhàiri, sgian-dubh Fear Locha-sgàlain. Ciamar chaidh an iomlaid a dheanamh, tha fios agad féin.

MAIRI (*A' sealltainn air an sgithinn*)—O, is gann a tha mi a' creidsinn mo shùl!

SIR IAIN—Agus sin agad an sgian-chuimhneachain a thug mise dhuit-sa, agus a thug mise bhàrr cruachainn Fear Locha-sgàlain an tigh Móir Fhigheadair. Am b' ionghnadh ged bhithinn an amharus, a Mhairi?

MAIRI—Cha 'n ionghnadh, a ghaoil, Iain; agus is ann a nis a tha mi tuigsinn nach robh do chuimhneachan aon uair an uaireadair air mo sheilbh. Dh' fhàg mi 'n diochuimhn' air an tulg i an là a dh' fhàg sinn le chéile do lùchaint-sa. Chuir Fear Locha-sgàlain a thé féin 'na h-àite a chionn is gun do dhiùlt mi a h-iomlaid air iarraidh-san; agus bhuaidhe sin gus an so cha robh fios agam gun deach a' cheilg a chluich orm. Iain! Nan rachadh agam air mo chliabh fhosgladh, agus gun rachadh agadsa air mo chridhe a leughadh, chan fhaiceadh tu

sion ann ach “ Sir Iain.” “ Sir Iain ” air a bhreacadh anns gach oisinn deth, an dòigh nach tigeadh maolachadh gu bràth air.

SIR IAIN—Tha fios agam, a Mhairi ; agus tha thusa air t’ ais am chridhe-sa a rithis. (*Glaisidh iad mu chéile greis agus càch gu sàmhach a’ sealltainn orra.*)

MAIRI (*A’ sealltainn an aodann Shir Iain*)—O, Iain ! Cho neónach ’s a bha e leam gun toireadh rud ’sam bith ort fàs fuar riùm. Chan ionghnadh mo ghruaidh a bhi bàn mar an can-aicheann, an àite a bhi dearg mar an t-siris.

SIR IAIN—Cha robh ann ach an fhionnachd a bhios an dubhar na beinne an latha is teotha ’san t-Samhradh ; ach a dh’ fhalbhas gu grad an uair thig teas na gréine. (*A’ glasadh mu cheile a’ rithis.*)

MAIRI—O, Iain ; Iain !

SIR IAIN—O, a Mhairi ; a Mhairi !

TUITIDH AM BRAT.

A’ CHRIOCH.



